



APS. 1.80.76

To Mr MacLeod
with Mr MacLeans
Compts.



LEABHAR CEASNACHAIDH

MU

ORDUGH A' BHAISTIDH,

CHUM

PARANTAN OG A CHUIDEACHADH,

GU BEACHD SGRIOBTURAIL A GHABHAIL AIR BRIGH
AN ORDUIGH SO.

A' chuid is mò dheth air eadar-theangachadh o Bheurla an
Urranaich Iain Barr ann an Glaschu, agus a' chuid eile air atharrach-
adh agus air a dhealbh as ùr,

LE AON DE MIINISTEIREAN MHUILE.

GLASCHU:
CLO-BHUAILTE LE DEORSA BROOKMAN.

1836.



ROIMH-RADH.

THA 'n Leabhar beag so air a chur a mach ann an dùrachd, gu'm biodh e feumail a thoirt eòlais air nàdur agus brìgh a' Bhaistidh. A ta e co feumail eòlas a bhi aig neach air seadh spioradail a' bhaistidh, agus air a chòir a ta aig gach creidmheach air an ordugh so d'a shliochd, 's a tha eòlas air seadh agus brìgh Suipeir an Tighearna. Tha 'n dà ordugh co-ionann naomha, agus cudthromach, agus b' iomchuidh gu'm biodh iad le chéile co-ionann air an tuigsinn.

CLAR-INNSIDH.

- EARRANN I. Suidheachadh ordugh a' Bhaistidh.
- II. Briathra frithealaidh a' Bhaistidh.
- III. Frithealadh a' Bhaistidh an leth a mach.
- IV. Seadh spioradail a' Bhaistidh.
- V. Modh frithealaidh a' Bhaistidh.
- VI. An dream aig a' bheil còir air Baisteadh
d'an cloinn.
- VII. Mu Bhaisteadh Naoidheana.
- VIII. Dleasnais Phàranta d'an cloinn.
- IX. Dleasnais na muinntir a bhaisteadh an
aois an leanabais.

LEABHAR CEASNACHAIDH

MU

ORDUGH A' BHAISTIDH.

EARRANN I.

Suidheachadh Ordugh a' Bhaistidh.

1. *Ceist.* Ciod è Baisteadh?

Freagradh. Ordugh naomh, anns a' bheil ionnlad le h-uisge, a' ciallachadh glanadh an anama o pheacadh.

2. *C.* Cò dh'òrduich e?

F. Iosa Criosd, Mac Dhé, agus aon Tigh-earn agus Lagh-thabhairtear na h-Eaglais.

3. *C.* C' àit a' bheil cunntas gu'n d'òrduich Criosd e?

F. Ann am Mat. xxviii. 19. "Uime sin im-ichibh-sa agus deanaibh deisciobuil do gach uile chinneach, 'gam baisteadh ann an ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid naoimh."

4. *C.* Co dha thugadh an àithne so?

F. D'a Abstolaibh, ceud mhinisteirean an t-soisgeil.

5. *C.* An bheil i air a toirt do na h-uile,

anns gach linn a ta air an gairm a shearmonachadh an t-soisgeil?

F. Tha, mar a ta e soilleir o'n ghealladh. "Feuch a ta mise maille ribh a ghuàth, gu deireadh an t-saoghail."

5. *C.* Nach 'eil an gealladh so 'na aobhar mór mhisnich araon dhoibhsan a fhrithcalas agus dhoibhsan d' am frithealar an t-òrdugh so?

F. Tha gu cinnteach; oir ged nach 'eil Crìosd a làthair gu corporra, gheall e' bhi gu gràsmhor a làthair le 'Spiorad, a chuideachadh le sheirbhisich agus a bheannachadh 'òrdugh féin.

7. *C.* Am b'e a rùn gu'm biodh am Bais-teadh 'na órdugh seasmhach 'na Eaglais?

F. B'è: tha araon an gcalladh so, agus gnàthachadh nan abstol an tùs na h-eaglais 'ga chur á teagamh.

8. *C.* Cìod an t-ùghdarras air an do stéighich Crìosd a bharantas?

F. Air 'ùghdarras féin amlàin mar Eadar-mheadhonair: "Thugadh dhomh-sa gach uile chumhachd air nèamh agus air talamh; Uime sin imichibh-sa," &c.

9. *C.* C'uin a thachair so?

F. An déigh 'aiseirigh, agus air ball mu'n dcachaidh e suas do nèamh.

10. *C.* Nach do chuir e mach cuid d'a dheisciobluibh a bhaisteadh roimh an àm so?

F. Chuir: Foin iv. 1, 2. Ach bhacadh

dhoibh an sin dol gu slighe nan Cinneach, no neach sam bith a bhaisteadh ach Iudhaich. Ach tha am barantas so a' ruigheachd chum nan uile shluagh.

11. *C.* Nach do bhaist Eoin Baiste mòran roimh an àm so?

F. Bhaist è; ach bha a bhaisteadh-san eadar-dhealaichte air iomadh dòigh o bhaisteadh Chrìosd, agus ri bhi air a mhacas mar òrdugh ulluchaidh do fhrithealadh an t-soisgeil, ach cha'n ann mar stéigh a' bhaistidh Chrìosduidh.

12. *C.* An robh baisteadh 'na dheas-ghnath a' measg nan Iudhach, mun do ghnàthaicheadh e le Eoin?

F. Tha aobhar a chreidsinn gu'n robh, ann an gabhail a steach Chinneach 'nam buill do'n eaglais, ged nach robh ùghdarras nèamhaidh aca air a shon: oir an uair a dh' fheòruich na beachdairean a chuireadh gu Eoin, c'ar son a bha e a' baisteadh, cha do chuir iad as a leth gu'n robh e 'frithealadh deas-ghnàth nuadh, ni mò dh' fheòruich iad a bhrìgh, mar ni nach b' aithne dhoibh.

13. *C.* An do bhaist Chrìosd féin neach sam bith?

F. Cha do bhaist: dh' earb e an t-seirbhis so r'a dheisciobluibh.

14. *C.* C'ar son nach robh Chrìosd a' baisteadh?

F. A chur urram air a mhinisteircan; agus

a dhearbhadh nach 'eil éifeachd an òrdugh an earbsa ris an fhear-fhrithealaidh, ach ri 'bheannachadh-san.

15. *C.* Am bheil Crìosd a' cur teagaisg an co-chuideachd Baistidh?

F. Thà gu soilleir; agus uime sin cha bu chòir neach sam bith a thainig gu aois a bhaisteadh, gus am bi e air a theagasg ann am firinnibh an t-soisgeil; agus ni mò is còir baisteadh a fhrithealadh do ghineil pàranta sam bith a ta aineolach orra.

16. *C.* Ciod a dh' fheudas sinn fhoghlum o shuidheachadh òrdugh a' bhaistidh?

F. Gu bheil e air a stéigheachadh air ard ùghdarras Chrìosd; gur òrdugh seasmhach e 'na eaglais; gu'm bi e féin a làthair le 'bhéanachadh anns gach àite 'sam bheil e air a fhrithealadh, a réir 'aithne; agus gu bheil na h-uile a ni dimeas air no a thruailleas e, 'gam fàgail féin buailteach d'a chorruich uamhasaich.

EARRANN II.

Briathra frittealaidh a' Bhaistidh.

1. *C.* Ciod an riaghailt is còir a leantuinn ann am frittealadh an òrduigh so?

F. Dh' òrduich Crìosd gu soilleir, e bhi air a fhrithealadh, " ann an ainm," no, " do ainm

an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naomh."

2. C. C'ar son a their thu *Do ainm*, an aite, *Ann an ainm* an Athar, &c.?

F. A chionn, gur ann mar so bu chòir am focal eadar-theangachadh, mar tha e ann an Rom. vi. 3; 1 Cor. xii. 13; agus Gal. iii. 27; nu thimchioll òrdugh a' bhaistidh.

3. C. Am bheil an t-eadar-theangachadh so, air dhòigh sam bith ag atharachadh seadh an òrduigh so?

F. Tha gu mòr: tha baisteadh *ann* an ainm an Athar, &c.; a' ciallachadh le ùghdarras an Athar, &c.; ach tha baisteadh *do* ainm an Athar, &c.; a' ciallachadh *gabhail* a *steach* do ainm an Athar, &c.

4. C. Ciod tha thu 'ciallachadh le gabhail a steach do ainm an Athar, &c.?

F. Tha e ciallachadh a bhli air ar n-aonadh ann an cùmhnanta leis an Athair, leis a' Mhac, agus leis an Spiorad Naomh; agus gabhail a steach chum creidimh, aoradh, agus seirbhis na Trionaid.

5. C. Am bu chòir leantuinn gu dlù ris an riaghailt bhriathra so?

F. Bu chòir gun teagamh; oir cha 'n eil barantas aig duine sam bith, air an ni a dh' àithn Criosd co soilleir, atharachadh.

6. C. Nach do bhaist na h-abstoil air uairibh ann an ainm an Tighearn Iosa amhàin?

F. Tha e fìor mhi-choltach gu'n atharaich-eadh iad riaghailt bhriathran a bha co ro-

shoilleir agus co ro-shònruichte air a h-àithneadh; agus ged nach 'eil ach ainm Chrìosd amhàin air ainmeachadh, Gnìomh. vii. 16, agus xix. 5. tha carrann de'n riaghailt an sin air a cur airson an iomlain.

7. *C.* Am bheil briathran a' bhaistidh 'nan dearbhadh air teagasg na Trionaid, no gu bheil trì pearsaidh 'san Diadhaidh?

F. Thà gun teagamh; oir o'n is òrdugh diadhaidh am baisteadh, bhiodh e 'na iodhol-aoradh a fhrithealadh *ann* an ainm, no *do* ainm sam bith eile, ach ainm an Dé fhìor amhàin. Air an aobhar sin, o'n a tha e air a fhrithealadh ann an ainm a' Mhic agus an Spioraid Naoimh, co math 'us ann an ainm an Athar, tha aoradh co-ionann air a thoirt do na Tri pearsaibh naomh sa' bhaisteadh.

8. *C.* Am bheil an teagasg so air a thoirt ann an àite air bith eile de'n Bhiobull?

F. Thà: 2 Cor. xiii. 14. "Gràs an Tigh-earna Iosa Chrìosd, agus gràdh Dhé, agus comh-chomunn an Spioraid Naoimh, gu robh maille ribh uile. Amen." Faic mar an ceudna Luc i. 35; Eoin xv. 26; Gal. iv. 6; 1 Pead. i. 2; 1 Eoin v. 7; Iud. 20, 21, &c.

9. *C.* Am bheil an teagasg so gu soilleir air aideachadh air feadh nan scriobtuir?

F. Cha'n e amhàin gu bheil iomadh carrann de'n t-Scann-Tiomnadh 'ga chiallachadh; ach 's beag nach 'eil e 'gar comhdhalachadh anns gach duilleig de'n Tiomnadh Nuadh.

10. *C.* Ciod na dearbhaidhnean a th' air an toirt air diadhachd Chrìosd?

F. Tha ainmean urramach Dhé air an toirt dha, tha buaidhean agus feartan do-sgarta Dhé air an cur as a leth, rinncadh oibre leis nach bu chomasach do neach sam bith ach do Dhia amhàin a dheanamh, agus dh' iocadh dha aoradh nach buincadh do neach sam bith ach do Dhia 'na aonar.

11. *C.* Ciod an dearbhadh a ta agad gur aon do phearsaibh na Diadhachd an Spiorad Naomh?

F. Chithear gur pearsa e, cha 'n e amhàin a chionn gu bheil e air ainmeachadh maille ri pearsaibh eile na Diadhachd ann am frithealadh a' bhaistidh, agus ann am beannachadh nan Abstol; ach mar an ceudna o na rùintibh, o na h-oibribh, agus o' n urram a ta air an cur as a leth. Agus mar dhearbhadh air a Dhiadhachd, tha ainmean, buaidhean, oibre agus aoradh Dhé air an toirt dhàsan mar an ceudna.

12. *C.* Am bheil an teagasg so, gu bhil tri pearsaidh san Diadhachd an aghaidh aonachd Dhé?

F. Cha 'n 'eil idir; 'nuair tha sinn ag ràdh gu bheil tri pearsaidh san Diadhachd, tha sinn a' creidsinn gu bhil iad dlù-cheangailte ann an aona bhith, 's nach 'eil ann ach an t-aon Iehóbhah amhàin.

13. *C.* An urrainn sinne a thuigsinn cia

mar tha Dia 'na aon, agus gidheadh 'na thri pearsaidh?

F. Cha 'n urrainn; ni mò 's urrainn sinn a thuigsinn cia mar tha e neo-chrìochnach,— uile-làthaireach,—no uile-fhiosrach. Agus b'amaideach a smuainteachadh gu'm b'urraim sinne le rannsachadh, an t-Uile-chumhachdach fhaotainn a mach.

14. *C.* Am bheil e feumail creideas a thoirt do'n teagasg so, chum aoradh a thoirt do Dhia air mhodh taitneach?

F. Thà; “Oir is éigin do'n ti thig a dh' ionnsuidh Dhé a chreidsinn gu bheil e ann;” ann am briathraibh eile, gu bheil e 'na bhith agus 'na bhuidhneibh mar tha e 'ga fhoillseachadh fein 'na fhocal. Agus a chum seirbhis cheart a thoirt dha, is éigin duinn teachd a dh' ionnsuidh an Athar, trid eadar-mheadhonnachd a' Mhic, agus tre chnideachadh an Spioraid.

15. *C.* Am bheil Diadhachd a' Mhic agus an Spioraid Naoimh, ann an dlù-cheangal ri teagasgaibh sònruichte a' chreidimh Chrìosduidh?

F. Thà; tha luach neo-chrìochnach iobairt Chrìosd airson peacaidh, agus a chumhachd a chum saoraidh, a' sruthadh o Dhiadhachd a nàduir; agus tha oibre ath-nuadhachaidh, soillseachaidh, agus naomhachaidh an Spioraid Naoimh, air an stéigheachadh air a Dhiadhachd.

16. *C.* Am bheil tairbhe air bith 'san teagasg so, chum ar treòrachd ann an caithè-beatha diadhaidh?

F. Tha mòr thairbhe ann; tha bhì' creidsinn ann an Diadhachd a' Mhic iomchuidh gu ar lionadh le smuaintibh urramaich mu ghràdh an Athar a chuir e gu bhì 'na Shlànuighear dhuinn, agus mu a ghràs, agus suairecas 'irioslachd ann am bàsachadh air son ar peacanna, —le mothuchadh domhain drùidhteach air ole anabarrach a' pheacaidh, a dhì' fheumadh a' leithid so de dh-iobairt, —agus le beachdaibh ard air riaghladh cothromach Dhé, nach maitheadh peacadh as eugmhais na h-iobairt so. Agus tha bhì creidsinn ann an Diadhachd an Spioraid Naoimh, tre bheil sinn air ar deanamh 'nar luchd co'-pairt do'n t-saorsa a choisinn Crìosd, iomchuidh gu drùtladh oirnn le geur-mhothuchadh iriosal air co tur thruagh agus nireas'ach 's a tha sinn annainn féin, agus ar gnàth fheum air a chuideachadh-san.

17. *C.* Ciod tha air a chiallachadh le sinn a bhì air ar baisteadh ann an ainm an Athar?

F. Gu bheil sinn 'ga ghabhail mar ar Dia comh-cheangail agus ar n-Athair ann an Crìosd; agus gu bheil e mar fhiachaibh oirnn gràdh, urram, agus ùmhlachd a thoirt dha, mar a chlann.

18. *C.* Ciod tha air a chiallachadh le sinn a bhì air ar baisteadh ann an ainm a' Mhic?

F. Gu bheil sinn 'ga ghabhail-san 'na aonar

mar ar Slànuighear; mar ar Fàidh chum ar teagasg le 'fhocal agus le 'Spiorad,—mar ar Sagart, a rinn réite air son ar cionta, agus a tha tagradh ar cùis air nèamh,—agus mar ar Rìgh Uile-chumhachdach 'gar dìonadh o' naimhdibh, agus 'gar riaghladh le 'reachdaibh.

19. C. Ciod tha air a chiallachadh le sinn a bhì air ar baisteadh ann an ainm an Spioraid Naoimh?

F. Gu bheil sinn 'ga ghabhail mar an Ti a bheothaicheas, agus a naomhaicheas sinn, agus mar ar Comhfhurtair; agus gur éigin duinn carbaidh as a chuideachadh, chum gach dleasnas a choimhlionadh, agus gach deuchainn a sùcasamh.

EARRANN III.

Frithealadh a' Bhaistidh an leth a mach.

1. C. Ciod an samhaidh is còir a ghnàthachadh sa' bhaisteadh?

F. Uisge amhàin.

2. C. Co leis a ta e ri bhì air a fhrith-ealadh?

F. Leòsan amhàin a ta air an gairm gu laghail chum dreuchd na ministeireachd naomha, agus a ta gu sòlaimte air an cur air leth chum na seirbhis sin, a réir riaghailt nan

sgriobtuir, le leagadh làmh sheanaircan na h-eaglais.

3. C. Cia lion uair a ta e ri bhi air a fhrithealadh do neach air bith?

F. Aon uair amháin, mar a bha òrdugh an timchioll-ghearraidh a bha 'comh-fhreagrachdha, agus mar bha gnáth-chleachdadh nan abstol agus ceud linne na h-eaglais.

4. C. Am bu chóir úrnuigh dhol an co-chuideachd frithealaidh a' bhaistidh?

F. Tha so iomchuidh; agus tha eisimpleir Chríost, ann am frithealadh Suipéir an Tigh-carna, 'ga dheanamh a cheart cho iomchuidh ann am frithealadh a' bhaistidh, a tha 'na òrdugh air gach cor, co naomh agus co cudthromach.

5. C. Am bheil e 'na chainnt sgríobturail, *Urnuigh choisrigidh* a rádh ris an urnuigh roimh 'n bhaisteadh?

F. Cha'n'éil: is iarmad Pápanach e. Cha 'n ann chum an t-uisge a choisrigeadh no dheanamh naomha, a ta urnuigh an fhir-fhrithealaidh; ach amháin chum beannachadh Dhé asluchadh air 'òrdugh féin.

6. C. Am bu chóir am baisteadh daonnau a fhrithealadh gu follaiseach, agus an láthair na h-eaglais?

F. B' cadh, mur a deanadh easlainte a' pháranata, no an leinibh, no an t-astar o'n ionad-aoraidh air uairibh mi-iomchuidh e.

'Nuair tha 'chùis mar sin 's iomchuidh a fhrithealadh 'nan tighibh còmhuidh.

7. *C.* Ciod a' bhuannachd tha ann am baisteadh follaiseach?

F. Tha am pàrant a' faotainn urnuighean a' choimhthionail gu léir, air a shon féin agus air son a leinibh,—tha e 'g ùrachadh am baistidh féin an cuimhne na bhceil 'san éisd-cachd, agus na ceangail fo'n d' thàinig iad, gu am beatha 'chaitheamh chum glòire Dhé, d'an d' thugadh iad a suas gu moch,—agus cosmhuil ri Suipeir an Tighearna, tha e cumail suas cuimhneachan follaiseach air an t-slàinte a ta tre fhuil agus spiorad Chrìosd.

8. *C.* Am biodh e iomchuidh teagasg no scarmonachadh an t-soisgeil, a dhol daonnan roimh 'n bhaisteadh?

F. Bhitheadh gun teagamh, an àm a fhrithealadh do mhuinntir nach robh cheana air an teagasg, mar bha a' chùis ri linn nan abstol, ach a ta so ni 's neo-fheumaile 'nuair tha 'm baisteadh air a fhrithealadh (an uaigheas) do leanabh neach tha cheana air a theagasg ann am firinnibh an t-soisgeil.

9. *C.* Ach nach biodh e tarbhach cadhòn aig na h-amaibh sin, gu'n cuiradh Ministrean focal teagaisg an co-chuideachd an òrduigh?

F. Bhitheadh gun amharus. Agus tha gach baisteadh dhiubh sin a' toirt sàr chothrom a chum seadh spioradail agus dleasnais naomh

an òrduigh so a sparradh air inntinn nan uile a ta làthair.

10. *C.* Am bheil baisteadh co feumail, 's nach feud slàint' a bhi as eugmhais, mar a deir na pàpanaich?

F. Cha'n'eil: bha an gaduiche air a' chrann-cheusaidh air a shàbhaladh, ged nach robh e air a bhaisteadh; agus cha'n'eil leanaba a dh' eugas as eugmhais baistidh air an cumail a mach, air a shon sin, á ríoghachd Dhé.

11. *C.* Am bheil e peacach do phàrantaibh a bhi iomaguineach gu'm biodh an naoidheana air am baisteadh, 'nuair tha iad an coslas bàis?

F. Cha'n'eil teagamh nach 'eil, ma tha iad ag amharc air baisteadh mar bharantas air nèamh a mhealtuinn, ach cha chòir an iomaguin a dhìteadh, 'nuair tha i 'g éiridh o mheas a bhi do òrdugh Chrìosd.

12. *C.* An urrainn frithealadh an òrdugh an leth a muigh a mhàin, tairbhe air bith a bhuileachadh air an anam?

F. Cha'n urrainn tairbhe sam bith: tha e amhàin 'na shamhladh air beannachdaibh spioradail; agus cha'n'eil iad so á' dol 'na chois, ach an uair a ta Spiorad Chrìosd air a dhórtadh a mach air 'òrdugh féin.

13. *C.* Cionnas tha e dearbhta nach 'eil baisteadh ann féin éifeachdach chum slàinte?

F. Bhaisteadh Simon an Druidh, Gniomh. viii. 13.; agus gidheadh 'na dhéigh sin thubh-

air Peadar ris, gu'n robh e "ann an domblas na seirbhe agus fo chuibhreach na h-eucorach;" agus tha mòran diùbhsan a th' air am baisteadh 'nan naoidheanachd, agus an déigh teachd gu aois, 'gan dearbhadh féin 'na dhéigh sin 'nan naimhidibh do chrann - ceusaidh Chrìosd.

14. *C.* C'ar son ma ta tha baisteadh idir air a mheas feumail?

F. A chionn gu'n d' òrduich Crìosd e; agus gu bheil e le 'bheannachadh-san, a' cur a ghloire air aghart, maille ri comhfhurtachd phàrantan, agus math spioradail cloinne.

15. *C.* An còir do phàrantaibh aidmheil a dheanamh 'nan creidimh, 'nuair tha iad a' cumail an cloinne ri baisteadh?

F. 'S còir do phàrantaibh nach robh roinne sin ann an làn-cho' - chomunn ris an eaglais, so a dheanamh, mar dhearbhadh gu bheil iad 'nan creidmich; agus feudaidh ath-aithris air aidmheil a chreidimh, gach uair tha leanabh aig neach 'ga bhaisteadh, a bhi tarbhaich araon da féin agus do mhuintir eile, ged nach 'eil e air 'àithneadh.

16. *C.* Am bheil Bóidean ri 'n cur air pàrantaibh gu 'm beatha 'chaithcamh mar Chrìosduidhnean, agus an clann altrum ann an eagal Dé?

F. Ged nach ruigear a leas Bóidean ainmeachadh, gidheadh tha ceangal chum gach dleasnas Chrìosduidh a choinhionadh; co dhìu

bhios e air ainmeachadh no nach bì, a ghnàth air fhilleadh a stigh ann an aidmheil a' chreidimh.

17. C. Am bheil e ceart do mhinisteirean, a ràdh, ann an frithealadh a' bhaistidh, "O nach urrainn an leanabh freagairt air a shon féin, tha thusa, a phàrant, ag aidmheil agus a' gealltainn 'na ainm agus as a leth?"

F. Cha'n'eil: tha am pàrant ag aidmheil agus a' gealltainn 'na ainm féin, agus cha 'n urrainn e atharrach a dheanamh. Gidheadh, air a shon sin, tha gach leanabh a ta air a bhaisteadh air a chur fo cheanglaichibh sòleimte chum seirbhis a thoirt do Dhia.

18. C. An cuid de 'n bhaisteadh ainm a thoirt air an leanabh?

F. Cha 'n eadh: ged is bidheanta leis a' Mhinisteir an t-ainm a thug am pàrant air a leanabh ro' laimh, a chur an céill aig an àm; gidheadh cha' n 'eil dearmad air 'na dheireas do fhrithealadh an òrduigh.

19. C. Am bheil e mata cearr do'n Mhinisteir ainm an leinibh a chur an céill aig àm baistidh?

F. Cha' n 'eil air chor sam bith, ma tha am pàrant agus an luchd-éisd eachd 'nan earalas an aghaidh na barail a ta cho tur aineolach, gur a cuid de'n bhaisteadh ainm a thoirt air an leanabh.

20. C. Am bheil e iomchuidh a ràdh ris a' bhaisteadh, "a bhli deanamh Crìosduidh de 'n leanabh?"

F. 'Sann tha e fìor mhi-iomchuidh:—cha 'n e baisteadh tha deanamh Crìosduidh de 'n leanabh;—oir 'sann tha e air a fhrithealadh do na leanabaibh sin amhàin, a ta réir co-cheangail 'nan siol naomh phàranta Crìosduidh 1 Cor. vii. 14.

21. *C.* Am bheil e ceart a ràdh ris a' bhaisteadh, “an tonn, no an t-uisge chur air an leanabh?”

F. Cha 'n 'eil, mur 'eil beachd na 's urramaiche na sin air altrum mu'n òrdugh:—agus 'sann tha aobhar aig a' Mhinisteir a bhi 'na earalas chum mion-rannsachadh a thiaobh eòlais an neach a labhras air an dòigh shuar-aich sin mu'n bhaisteadh.

EARRANN IV.

Seadh Spioradail a' Bhaistidh.

1. *C.* Cìod tha 'n t-uisge anns a' bhaisteadh a' ciallachadh?

F. Cumhachd glanaidh fòla agus spioraid Chrìosd:—oir mar a ghlanas uisge an corp, mar sin glanaidh fuil agus spiorad Chrìosd an t-anam o pheacadh.

2. *C.* Cìod tha thu 'ciallachadh le fuil Chrìosd?

F. Cha 'n i amhàin an fluil sin a bha

'siubhal 'na chuislibh agus 'na chòm; ach 'iobairt iomlan airson peacaidh, maille ri fhulangais gu léir, o'n phrasaich gu ruig an uaigh.

3. *C.* C'ar son a theirear 'Fhuil co tric ri iobairt Chrìosd?

F. A chionn gu'm b'e dórtadh 'fhola gu bàs, air a' chrann-cheusaidh a' chuid mu dheireadh agus coimhlionadh na h-iobairt.

4. *C.* Cìod tha sinn ri thuigsinn le Spiorad Chrìosd?

F. An Spiorad Naomh a ta mar so air ainmeachadh san sgrìobtuir, a chionn gu bheil e air a ghealltainn le Chrìosd; agus do bhrìgh gur ann amhàin tre eadar-mheadhonaireachd Chrìosd agus 'iobairt, a ta e 'g oibreachadh gu slàinteil air anamaibh dhaoine.

5. *C.* Cionnas tha fuil Chrìosd a' glanadh o pheacadh?

F. Tha i 'glanadh tre thoillteannas Chrìosd, o chionta peacaidh, le dìoladh a thoirt do lagh Dhé a bhrìst sinne, agus d'a cheartas air an d' rinn sinn tàir; agus le maithceanas agus fireanachadh a dhaingneachadh do na h-uile a chreideas ann.

6. *C.* Cionnas a tha Spiorad Chrìosd a' glanadh o pheacadh?

F. Tha e 'glanadh gu h-éifeachdach tre athnuadhachaidh an anama; agus a' toirt air falbh truailleachd a' pheacaidh, ann an obair an naomhachaidh.

7. *C.* Ciod tha crathadh an uisge air a' chorp anns a' bhaisteadh a' ciallachadh?

F. Gur éigin fuil Chrìosd a bhi air a cur ris an anam, le oibreachadh an Spioraid, g'a ghlanadh o chionta agus o shal a' pheacaidh.

8. *C.* Cionnas a ta baisteadh 'na chomhar-radh air glanadh o pheacadh?

F. Labhair Peadar mar so ris an t-sluagh, “Dcanaibh aithreachas, agus bithibh air bhur baisteadh ann an ainm Iosa Crìosd, chum maitheanas pheacanna,” Gnìomh ii. 38; agus thubhairt Ananias ri Saul, “Eirich, agus bi air do bhaisteadh, agus ionnlaid uait do pheacanna.” Caib. xxii. 16.

9. *C.* Am bheil feum air bith aig naoidh-eanan air an ionnlad spioradail so?

F. Thà; oir ged tha iad saor o pheacadh gnìomh, gidheadh, mar shliochd Adhaimh, “tha iad air an gintinn ann am peacadh, agus air am breith ann an aingidheadh.”

10. *C.* Am bheil àmhghar agus bàs naoidh-eanan a' dearbhadh gu bheil lagh Dhé 'gam meas ciontach?

F. Tha iad 'ga dhearbhadh so gu soilleir: —“Is e tuarsdal a' pheacaidh am bàs.” Romh. vi. 23.

11. *C.* Am bheil am Biobull a' cur an céill gu bheil bàs naoidh-eanan a' sruthadh o cheud pheacadh Adhaimh?

F. Thà gu soilleir:—“Ann an Adhamh, a ta na h-uile a' faghail a' bhàis,” 1 Cor. xv. 22.

“Thainig peacadh a steach do’n t-saoghal tre aon duine, agus bàs tre ’n pheacadh, mar sin mar an ceudna thainig bàs air na h-uile dhaoine, do bhrìgh gu’n do pheacaich iad uile.” Rom. v. 12.

12. *C.* Am bheil frithealadh a’ bhaistidh do naoidheanaibh na ehuihneachan seasmhach air ar truailidheachd a thaobh nàduir?

F. Thà è:—tha gach pàrant a ta ’cumail a leinibh ri baisteadh, ag ràdh mar gu’m b’eadh,—“Tha mi ’g amharc air mo leanabh a thaobh nàduir toiltinneach air feirg eadhon mar chàch; agus tha mi ’ga thoirt gu Crìosd, a’ gabhail misnich o ghealladh a’ cho-cheangail, gu’m builich e air glanadh éifeachdach ’fhola agus a Spioraid, maille ri samhladh glanaidh an uisge.

13. *C.* Am bheil baisteadh ’na ehomharadh air Aonadh ri Crìosd?

F. Thà:—tha ’n t-abstol ag ràdh, “A mheud agaibh ’s a bhaisteadh do Chrìosd, ehur sibh umaibh Crìosd.” Gal. iii, 27.—cainnt a ta gu daingean a’ cumail a mach an dlú-cheangail ris.

14. *C.* Ciod a’ ghnè dhlù-cheangail a ta eadar Crìosd agus a shluagh?

F. Aonadh a tha teann agus buan-sheasmhach, ged tha e spioradail agus neo-fhaiesinn-each. Tha Crìosd annta le ’spiorad agus le ’iomhaigh; agus tha iadsan ann an Crìosd, le còir dhàimh air uile shoehairibh eadar-mheachdhonaireachd.

15. *C.* Ciod an dearbhadh a ta air an dlù-cheangal so?

F. Mar tha dlù-cheangal nan geug ris an fhìonain air a dhearbhadh le'n toradh; air an amhuil cheudna tha iadsan a ta ann an Criosd, ann an tomhas éigin a' giùlan toradh sìochail na fireantachd. Gal. v. 22.

16. *C.* Am bheil baisteadh mar an ceudna 'na chomharradh air Ath-ghineamhuinn?

F. Tha:—"Mur bi duine air a bhreith o uisge, agus o 'n Spiorad, cha 'n urrainn e dol a steach do rìoghachd Dhé." Eoin iii. 5. Tha neach a bhi air a bhreith o 'n uisge, a' ciallachadh, e bhi air a bhaisteadh; agus air a bhreith o 'n Spiorad, a' ciallachadh e bhi air ath-ghineamhuinn.—Agus, mar shamhladh air a' bhaisteadh, tha e air a ràdh, gu bheil Dia "'g ar saoradh tre ionnladh na h-ath-ghineamhuinn agus ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh." Titus iii. 5. Faic mar an ceudna. Eph. v. 25, 26.

17. *C.* Ciod anns am bheil ath-ghineamhuinn a' co'-sheasamh?

F. Ann an atharrachadh spioradail, iomlan, agus seasmhach, a tha 'n Spiorad Naomh ag oibreachadh san anam, tre 'bheil e air ath-nuadhachadh a réir iomhaigh Dhé, agus air a dheanamh iomchuidh gu seirbhis a thoirt dha anns gach uile ùmhlachd naomha.

18. *C.* Ciod iad dearbhadhuan na h-ath-ghineamhuinn?

F. Rùintean, tograidhean, agus smuaintean spioradail agus nèamhaidh; agus gràin shuidhichte do na h-uile ni a ta Dià a' toirmeasg, agus tlachd ann an deanamh gach ni a ta e ag àithneadh.

19. *C.* Am bheil an t-atharrachadh so feumail chum sàbhaladh gach naoidhein, co math ris gach duine thainig gu làn inbhe?

F. Thà:—"An ni sin a ta air a bhreith o 'n fheòil, is feòil e;" ann am briathraibh eile, "Aig duine truailidh bithidh sliochd truailidh." Agus tha Criosd ag ràdh, gu'm feum na h-uile, gun cadar-dhealachadh, a bhi air am breith a ris, mun urrainn iad a bhi 'nan fìor bhuill d'a eaglais, aona chuid air talamh no air nèamh.

20. *C.* Am bheil ath-ghineamhuinn cho dlù-cheangailte ri baisteadh, 's gu'm bheil na h-uile a ta air am baisteadh air an ath-ghineamhuinn; agus nach urrainn a h-aon a bhi air ath-ghineamhuinn as eugmhais a bhi air a bhaisteadh?

F. Cha 'n 'eil aona chuid diubh fìor. Tha mòran a ta air am baisteadh, a' dearbhadh nach d' fhiosraich iad an t-atharrachadh mòr so; agus cha 'n 'eil teagamh nach deachaidh mòran do nèamh, nach robh riamh air am baisteadh.

21. *C.* Am bheil baisteadh mar an ceudna 'na chomharradh air Uchd-mhacachd?

F. Thà:—"Is sibhse uile mic Dhé tre chreidimh ann an Iosa Criosd: Oir a mheud

agaibh 's a bhaisteadh do Chrìosd, chuir sibh umaibh Crìosd!" Gal. iii. 26, 27.

22. *C.* Ciamar a tha baisteadh 'na chomharadh air uchd-mhacachd?

F. Tha iadsan a ta air am "baisteadh do dh-ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh," a' faotainn comharadh faicsinneach cloinne Dhé; agus air am meas mar mhic agus mar nigheanan an Tighearn uile-chumhachdaich.

23. *C.* Ciod iad dearbhanna na li-uchd-mhacachd?

F. Teas-ghràdh d' ar n-Athair nèamhaidh, cùram mu'n urram a bhuineas da, ùmhlachd d'a àitheantaibh; agus caomh spéis d'a uile chloinn dhleasnaich.

24. *C.* Am^hbheil baisteadh 'na chomharadh air Bàs Chrìosd?

F. Tha è:—ged tha beag aire mar is trice 'ga thoirt do'n bheachd so mu'n bhaisteadh; gidheadh tha cuimhneachan sònruichte againn air a bhàs, san òrdugh so, co math sa th' againn ann an Suipèir an Tighearna. "Nach 'eil fhios agaibh, a mhend againn 's a bhaisteadh ann an Iosa Crìosd, gu'n do bhaisteadh chum a bhàis sinn." Rom. vi. 3.

25. *C.* Cionnas a tha e 'sanhlachadh bàs Chrìosd?

F. Tha 'n t-uisge san òrdugh so a' stiùradh ar n-aire chum éifeachd glanaidh 'fhola-san,

an t-aon “ tobar a chaidh fhosgladh airson saorsa o pheacadh agus neòghloine.”

26. *C.* Am bheil baisteadh cha ’n e an hàin ’na chomharadh, ach mar an ceudna ’na Shéula air na beannachdaibh so?

F. Theirear seula fireantachd a’ chreidimh ris an timchioll-ghearradh, Rom. iv. 11; agus feudar a cheart cho freagarach, a ràdh ris a’ bhaisteadh, a thainig ’na àite.

27. *C.* Ciamar a dh’ fheudar seula a ràdh ri baisteadh?

F. Do bhrìgh mar tha seula air a cur ri còir rìoghail, ’na comharadh faicsinneach gu bheil a’ chòir dìongmhailta; mar sin tha ’n t-òrdugh so ’na chomharadh faicsinneach, gu’n d’rinn Dia uile shochairan a’ cho-cheangail Nuaidh, cinnteach d’a shluagh.

28. *C.* Nach ’eil na sochairan so air an deanamh cinnteach dhoibh, le ’ghealladh neo-chàochluidheach?

F. Thà: aeh a dhaingneachadh an creidimh ’na ghealladh, chuir e an comharadh faicsinneach so, mar stéigh carbsa a bharrachd ris.

29. *C.* Am bheil am baisteadh, mar sheula, a’ deanamh sochairan na slàinte cinnteach, do na h-uile d’am bheil e air a fhrithealadh?

F. Cha ’n ’eil e aona chuid ’gan deanamh cinnteach do na h-uile thainig gu inbheachd, no do naoidheanaibh. Tha e an hàin ’na chomharadh faicsinneach, no ’na làn dearbhadh dhuinn, gu bheil co-cheangal Dé féin gu neo-

chaochluidheach air a cho'-dhaingneachadh; agus gu bheil a shoelhairean cinnteach do uile oighreachaibh a' gheallaidh.

30. *C.* Am bheil baisteadh 'na chomharadh gu bheil sinn fuidh ghealladh do'n Tighearna gu'm bi sinn leis-san?

F. Thà gun teagamh; tha e mar fhiach-aibh air gach aon air a' bheil seula fhaicsinn-cach so Dhé air a cur, amhare air féin mar sheilbh shaorta an Tighearna; agus "glòir a thoirt do Dhia le a chorp agus le a spiorad as le Dia." Faic Earrann IX.

31. *C.* Am bheil baisteadh a' deanamh eoinne 'nam Buill do dh-Eaglais Chrìosd?

F. Cha 'n 'eil: tha clann nan creidmheach air am breith 'nam buill d'a eaglais, no d'a rìoghaehd spioradail, air dhoibh a bhi gu gràsmhor air an gabhail a stigh innte maille ri 'm pàrantaibh. Faic Earrann VII.

32. *C.* C'arson mata theircar ris a' bhaisteadh, an t-òrdugh tre bheil muinntir air an gabhail a stigh do 'n ehreidimh Chrìosduidh?

F. A chionn gur e 'cheud cheum e gu'n gabhail stigh air mhodh faiesinnach do'n eaglais, 'an làthair dhaoine.

33. *C.* Am bheil baisteadh a' toirt eòir do leanabaibh air làn cho-chomunn mar bhuill do'n eaglais?

F. Ged tha iad air am meas mar bhuill do rìoghaehd Chrìosd; gidheadh feumaidh an e òir air làn cho-chomunn na h-eaglais, a bhi 'n earbsa

ri 'n aontachadh agus ri 'n aidmheil féin, an déigh dhoibh teachd gu aois agus toirt fainear.

LEARRANN V.

Modh frithealaidh a' Bhaistean.

1. C. Ciod is ciall do'n fhocal Baisteadh?

F. Tha e ciallachadh ionnlad le h-uisge air gach dòigh, le crathadh, dórtadh, no tumadh.

2. Ciamar tha 'm 'focal so air a chleachdadh le sgrìobhaichibh Greugach?

F. Tha iad 'ga chleachdadh anns gach seadh dhiubh so.

3. C. Am bheil am focal so air a ghnàthachadh, san Tiomnadh Nuadh Ghreugais, a thaobh ni sam bith eile ach ordugh a' Bhaistidh?

F. Thà iomad uair, agus sin gu soilleir ann ann seadh Crathaidh, no Dórtaidh.

4. C. An ainmich thu cuid diubh sin?

F. Ann am Marc. vii. 4., tha e air a ràdh, gu 'n robh na Phairisich a' coimhead nigh-eadh (sa' Ghreugais baisteadh) bhord, no leapaichean, ni nach gabhadh deanamh ach amhàin le dórtadh an uisge orra. Ann 1 Cor. x. 2., that e air a ràdh, " gu 'n do bhaisteadh Clann Israeil uile do Mhaois, san neul, agus anns a' mhuir." O na sheas uisgeachan na

mara suas mar bhalla air gach taobh d'an slighe, agus o' n a sheas an neul an crochadh os an ceann, cha b'urrainn doibh a bhi air am baisteadh ach amhàin le crathadh no dórtadh an uisge orra as an neul; agus tha e gu soilleir air ìnnse anns an t-Salm lxxvii. 17, gur ann mar so a bha 'chùis.—Agus tha na h-ìomadh gnè ionnlaid, no baistidh (Gr.) a th'air an ainmeachadh ann an Eabh. ix. 10., a' ciallachadh na deas-ghnàthan crathaidh fuidh lagh Mhaois, agus thèirear crathadh riutha gu soilleir trì uairean anns an 13, 19, agus an 21 rann.

5. C. Ged tha luchd-teagaisg an tumaidh a' leigcail móran taice ri brìgh an fhocail ud, nach 'eil an dòigh air a' bheil e air a chleachdadh san Tiomnadh Nuadh, gu soilleir 'nan aghaidh?

F. Thà gu cinnteach:—cha 'n ann amhàin 'sna h-earrannaibh so a dh' ainmich sinn, ach anns an iomlan diubh, tha brìgh an fhocail a' toirt dearbhadh laidir dhuinn, airson frithcaladh a' bhaistidh, le crathadh, no dórtadh an uisge.

6. C. Ann an rannsachadh gach uile chuuntas a tha 'n Sgrìobtuir a' toirt a thaobh a' Bhaistidh, am bheil e ri fhaicinn gu cinnteach, gu'n do fhrithealadh e uair sam bith le tumadh?

F. Cha 'n 'eil, nìread is aon uair.

7. C. Am bheil eisimpleirean againn anns

a' bheil e ri fhaicinn gu 'n robh crathadh, no dórtadh an uisge, gun teagamh air a ghnàthachadh ann am frithealadh a' bhaistidh?

F. Thà na h-urrad. Bhaist Pòl fear-coimhid a' phrìosain ann am Philipi, agus a theaghlach, mu mheadhon-oidhche, Gniomh. xvi. 33.; agus bhiodh e mi-reusonta a smuainteachadh gu'n rachadh, no gu'm feudadh iad dol mu'n àm sin a dh-oidhche gu abhainn no lochan, no gu'm biodh comas aca, ann am prìosan, dòigh air bith eile 'ghnàthachadh ach crathadh, no dórtadh an uisge. O'n chunntas a th' againn air baisteadh Shaul, Gniomh ix. agus Chorneliuis agus a theaghlach, Caib. x. a rinneadh araon anns na tighibh còmhnuidh san robh iad aig an àm, tha sinn air ar treòrachadh gu nàdurra chum a' cho-dhúnaidh cheudna. Agus tha 'n eachdraidh th' againn air na trì mìle, a bhaisteadh an earrainn do aon latha am baile Ierusalem, Gniomh. ii.; 'ga dheanamh uile chinnteach nach feudta, agus nach bu chomasach a dheanamh, ach amhàin le crathadh, no dórtadh an uisge. Cha b' urrainn na h-abstoil ann an ùine cho goirid, uibhir shluaigh a thumadh a lion aon a's aon. Cha robh ionad freagarrach ann air a shon; agus ged a bhitheadh, cha robh a chridhe aca, air eagal nan Iudhach, dol mu thimchioll air a' mhodh fhollaiseach a fhreagradh do thumadh.

8. C. Ciod na dearbhaidhnean eile leis an urrainn thu an cleachdadh so a sheasamh?

F. Tha 'chainnt a tha 'n Sgriobtuir a' gnàthachadh mu thimchioll nam beannachdan a ta 'm baisteadh a' ciallachadh, gu soilleir 'ga dhearbhadh; cadhon, cumhachd-glanaidh Fola agus Spiorad Chrìosd. Theirear fuil a' chrathaidh, ri fuil Chrìosd ann an Eabh. xii. 24., ach c'aite an cualas riamh fuil an tumaidh 'ga ràdh rithe?—Tha 'n Spiorad Naomh air a ghealltainn mar so, “Crathaidh mi uisge glan oirbh, agus bithidh sibh glan,” Esec. xxxvi. 25;—agus tha oibreachadh a' ghlanaidh so air ainmeachadh mar ionnlad na h-ath-ghineamhuinn, agus ath-nuadhachadh an Spioraid Naomh, a dhóirt, no a thaoisg e mach oirne gu saobhir, Tit. iii. 5, 6.

9. C. Ach am bheil dearbhadh air bith againn gu'n abrar baisteadh san Tiomnadh Nuadh ri dórtadh?

F. Tha sin againn: le cunntas Pheadair mu 'shearmonachadh do theaghlach Chorneliuis, Gníomh xi. 11, 16., a choimeas ris an eachdraidh féin, Caib. x. 44, 45., tha e soilleir nuair a *dhóirteadh a mach* an Spiorad, agus a chuimhnich an t-abstol an sin an gealladh, “*Baistear sibhse leis an Spiorad Naomh,*” gu'n do mheas e *dórtadh a mach* an Spioraid, mar *bhaisteadh* an Spioraid;—ann an aon fhocal, mheas Peadar *dórtadh* mar *bhaisteadh*; agus có dh' iarradh dearbhadh a b' fhèarr?

10. C. Nach abair cuid, 'na aghaidh so gu léir, gu'n robh gnàthachadh Eoin Bhaiste a' toirt gnùis do'n Tumadh?

F. 'S tric a chleachdadh an argumaid so ; ach tha i gu h-iomlan neo-fhreagarrach agus gun bhrìgh. Gun iomradh air nach e 'm baisteadh Criosduidh idir a bh' aig Eoin ; bha e " baisteadh ann an Enon, làimh ri Salim, do bhrìgh gu'n robh mòran uisgeachan," no sruthain lionmhor agus ghoireasach an sin, seach a bhi tarruing uisge á tobraichibh doimhne na dùthcha tartmhoir sin ; agus an uair a theirear gu'n robh e' baisteadh ann an Iordan, 's coltach gu'm feudadh e so a dheanamh, dìreach le seasamh taobh a stigh do bhile na h-aibhne, agus le dórtadh an uisge orrasan a sheas air an talamh thioram ; agus gur ann mar so a rinn e, tha airc thaobh modhalachd agus slàinte, gu soilleir a' dearbhadh. Oir bhiodh e cunnartach d'an slàinte, an tumadh le'n cuid eudaich, gun atharrachadh deise, an deigh dhoibh teachd as an uisge ; agus cha bu du dhoibh gu léir, trusgain fhailcidh a bhi uidheamaichte aca ; agus is ni cinnteach nach deachaidh an tumadh rùisgte.

11. C. Ach nach 'eil e air a ràdh, 'nuair a bhaisteadh Iosa, gu'n d'thainig e nìos as an uisge ; agus gu'n deachaidh Philip agus an Cailteanach a sìos do'n uisge ?

F. Is aithne do gach aon aig am bheil a bheag idir a dh-eòlas air a' Ghreugais, nach feudar dearbhadh cinnteach a tharruing o na briathraibh so as leth an tumaidh. Do réir na cànan sin, bu chóir am focal so *as* an

uisge, a bhi air cadar-theangachadh o'n uisge; agus mar an ceudna an aite *sios do'n uisge*, bu fhreagaraiche a ràdh, *sios a dh'ionnsuidh* an uisge; a thuillidh air a sin, cha 'n 'eil eadhon a sìos do'n uisge, air dhòigh sam bith a' dearbhadh eia fhad, no eia domhain, a chaidh iad air an aghart, co dhiu a ràinig iad na h-aobrain, no na cruachain.

12. C. Nach 'eil na briathra tha 'g radh, gu bheil sinn Adhlaichte maille ri Criosd ann am baisteadh a' ciallachadh tumaidh?

F. Cha'n'eil ni's mo na tha, "bhi air ar ceusadh maille ri Criosd" a' toirt barantas do'n chleachdadh Phàpanach ann an gnàthachadh comharadh na croise sa' bhaisteadh. Cha robh coslas air bith aig adhlacadh Chrìosd ri cur neach fuidh uisge. Bha am fosgladh g'a uaigh-san troimh dhorus gearrta a steach an aodann craige; agus an uair a chàireadh a chorp 'na còs, cha do chòmhdhaicheadh e le talamh; uime sin, cha'n'eil coslas air bith, aona chuid aig a chur san uaigh, no a thighin aisde, ri neach a thumadh ann an uisge, no a thighin as.

N. B.—'Se is brìgh do na briathraibh sin, "ceusta maille ri Criosd," "marbh maille ri Criosd," "adhlaichte maille ri Criosd," "air éiridh maille ri Criosd," gu bheil a shluagh ann an dlù-cheangal cho teann ris, 's gu'm buin na nithe sin uile dhoibh, mar gu'm biodh iad fein maille ris anns gach aon diubh. 'S ann

air mhodh spioradail ma ta is còir na briathra sin gu léir a thuigsinn; eadhon gu bheil na creidmhech ceusta do'n t-saoghal, agus do'n fheòil, marbh agus adhlaiete do'n pheacadh, agus air éiridh maille ri Crìosd chum nuadh-achd beatha.

13. C. Am bheil e' m fàbhar an tumaidh, gu'n abrar, gu bheil a shluagh " air an Suidh-eachadh ann an coslas a bhàis?

F. Cha 'n 'eil air chor sam bith:—cha 'n e seadh nam briathra sin a bhi cur sìl san fhonn, leis am bheil e air a chomhdachadh le ùir; ach 'se th' annta samhladh o *thàthadh chraobh*, le bhi a' suidheachadh ceann *failliein* ann am freumh eile, ris am bi e air a dhlù-cheangal gu fàs a suas. Tha na briathra, mar sin, ri bhi air an tuigsinn mu thimechioll suidheachadh chreidmheach mar gheugan ann an Crìosd, an fhìonain fhìor; chum mar a bhàsaich esan *airson* peacaidh, gu' bheil iadsan marbh do'n pheacadh; agus mar an ceudna, gu bheil iad a' fàs ann an gràs, agus a' toirt a mach toradh na naomhadh, trid an dlù-cheangail ris-san.

14. C. Am bheil nì air bith eile ri thoirt fainear a ta 'n aghaidh cleachdaidh an tumaidh, agus 'am fàbhar Cratbadh an uisge, sa' bhaisteadh?

F. Tha sinn am beachd gur airidh na nithe a leanas, air suim a ghabhail diubh: tha tuille 's a' chòir aig an tumadh de choslas deas-ghnath a ta 'na uallach ro thròm, agus mi-

fhreagarrach fo fhrithealadh an t-soisgeil;—tha e ro mhi-bheusach, agus fìor-mhi-chiatach, a thaobh bboirionnach, airson òrdugh co sòleimte;—cha 'n urrainn e mar is trice, gun an iinntinn a chur troimh chèile, agus a cur air mhi-ghleus airson smuaintean agus rùintean iomchuidh;—agus ro bhidheanta chuireadh e slainte na colunn gu mòr 'an cunnart.

15. C. Ciod e ma ta am fìor cho'-dhùnadh a thaobh modh frithealaidh a' bhaistidh?

F. 'Se so e; nach 'eil na Scriobtuire a' toirt duinn eisimpleir, no riaghailt sam bith, a ta gu soilleir a' toirt barantas airson an tumaidh:—gu bheil iomadh ni, air ainmeachadh annta, a tha 'toirt oirnn a làn-chreidsinn gur ann le dórtadh, no crathadh an uisge, a bha na h-abstoil a' baisteadh; gu bheil Peadar gu soilleir ag radh baisteadh ri dórtadh; gu bheil na beannachdan a ta 'm baisteadh a' ciallachadh, air an ainmeachadh fo shamhladh dórtaidh agus crathaidh; agus, air an aobhar sin, gur e'n dara h-aon diubh so, 's cha 'n e an tumadh, am modh a ta a réir nan sgrìobtuire air a' bhaisteadh a fhrithealadh.

16. C. Am bheil éifeachd a' bhaistidh an earbsa ris a' mhodh air am frithealar e?

F. Cha 'n 'eil; ged a b' iomchuidh dhuinn gun teagamh an cleachdadh a ta a réir an sgrìobtnir a leantuinn, cho dlù 's is urrainn sinn. Ach do bhrìgh gu bheil ionulad an uisge sa' bhaisteadh, amhàin 'na shamhladh

air glanadh spioradail, 's cha 'n e am fìor ghlanadh féin; feudar an glanadh so a shamhlachadh, le *beagan bhraona uisge*, a *cheart cho math a's le uile uisgeachaibh a' chuain*. Bha ionnlad chosan nan deisciobul, mar an ceudna 'na shamhladh air a' ghlanadh spioradail so; agus ged a dh' iarr Peadar gu'm biodh araon a *làmh* agus a *cheann* maille ri 'chosan air an ionnlad, cha do mheas Crìosd sin feumail. Ann an aon fhocal, mur 'eil éifeachd sa' bhaisteadh, gun an corp gu h-ìomlan ionnlad san uisge, dh'fhaodta ràdh mar an ceudna, nach 'eil éifeachd ann an Suipeir an Tighearna, gun phailteas arain agus fiona a ghabhail a shamhlachadh cuirp agus fola Chrìosd.

EARRANN VI.

An dream aig a' bheil Còir air Baisteadh d'ar cloinn.

1. C. Am bheil neach air bith do nach còir am baisteadh a fhrithealadh?

F. Tha:—"Cha chòir am baisteadh a fhrithealadh do neach air bith a tha 'n taobh a muigh do'n eaglais fhaicsinnich,"—no do'n cloinn.

2. C. Co iad a tha 'n taobh a muigh do'n eaglais fhaicsinnich?

F. Cha 'n iad amhàin na cinnich neo-iomp-aichte, na h-Iudhaich, agus na h-ana-creidich fhollaiseach; ach na h-uile thainig gu aois,

agus gidheadh a tha gu reasgach a' diùltadh iad féin a thaisbeanadh 'nan luchd-leanmhuinn Chrìosd.

3. *C.* Ma bhaisteadh duine 'na leanabh, nach 'eil e' na bhall do'n eaglais, ged nach dlùthaich e r'a co-chomunn, le co-pàirteachadh de Shuipeir an Tighearna?

F. 'Sè nach 'eil:—tha leithid sin a dhuine gu riochdail a' cur cùl r'a bhaisteadh féin, agus a' gluasad mar nàmhaid do Chrìosd. “An ti nach 'eil leam, tha e a' m' aghaidh.” Mat. xii. 30.

4. *C.* C'arson bu chòir baisteadh a dhiùltadh d'an leithide sin, airson an cloinne?

F. A chionn gu bheil iad a' diùltadh ùmh-lachd a thoirt do àithne dheireannaich Chrìosd, agus a' dearbhadh nach 'eil còir aca ann an co-cheangal geallaidh Dhé; air an aobhar sin, cha'n'eil còir fhaicsinneach aig an naoidheanaibh air comharadh agus seula a' cho-cheangail.

5. *C.* An còir baisteadh a dhiùltadh do leanabaibh gach uile phàranta nach robh riamh aig Bòrd an Tighearna?

F. Feudar cead a thoirt do dhaoine òg' an ceud leanabh a chumail ri baisteadh, ma bhith-ear riarichte thaobh an eòlais, agus an caithe-beatha, air chùmhnaanta gu'n aidich iad an toil, agus an dùrachd, a' cheud chothrom a ghabhail gu dlùthachadh chum bàs an Tighearna thaisbeanadh; ach bu chòir baisteadh a dhiùltadh do na h-uile a bhvanaicheas ann an dearmad air an òrdugh so.

6. *C.* Ach nach e so a bhi 'deanamh cucoir air leanabaibh airson coire am pàranta?

F. Tha còir gach leinibh air baisteadh ag éiridh amhàin o chòir a phàranta ann an co-cheangal Dé; agus air an aobhar sin bhiodh e' na thruailleadh air ordugh Chrìosd, baisteadh a fhrithealadh do leanabaibh dhaoine aindiadhaidh:—'se 'n ni sin amhàin a tha Dia ag ordughadh agus a' cliùthachadh is urrainn a bhi 'na bheannaichadh.

7. *C.* Ach nach feud naoidheana phàrantan aingidh a bhi da rìreadh ann an staid gràis?

F. Feudaidh iad, ach cha 'n eil barantas againn am meas mar sin, no am baisteadh, gus an dearbh iad an diadhachd.

8. *C.* Am feudar leanabh a bhaisteadh ma tha 'n dara h-aon d'a phàranta ag aidmheil a' chreidimh?

F. Feudar; mar a chithear o riasonachadh an abstoil, I Cor. vii. 14. "A ta am fear ana-creideach air a naomhachadh leis a' mhnaoi, agus a ta a' bhean ana-creideach air a naomhachadh leis an fhear; no bhiodh bhur clann neoghlán; ach a nis a ta iad naomha." Faic Earrann VII., C. 17 and 18.

9. *C.* Ged bhiodh na pàranta le chéile ana-creideach, nach feudar baisteadh a fhrithealadh d'an leanabh, ma sheasas Fear-dàimh creideach mar Oide dha?

F. Cha'n eil barantas o fhocal Dé airson cleachdadh Goisteachd, no airson fear-dàimh

creideach a chumail leinibh phàranta ana-creideach ri baisteadh. 'Na aghaidh sin, 's ann amhàin an uair a tha 'n dara h-aon, air a' chuid is lugha, ag aidmheil a' chreidimh, a ta còir aig leanabh sam bith air baisteadh.

10. C. Ciamar a tha còir a' phàrant ann an co-cheangal Dé a' toirt còir d'a leanabh air Baisteadh?

F. Do bhrìgh gu bheil gealladh a' cho-cheangail sin a' gabhail a chloinne stigh ann maille ris féin; "Bithidh mise a'm' Dhia dhuit agus do d' shliochd;" agus air an aobhar sin feudar comharadh agus seula a' cho-cheangail a fhrithealadh d'a chloinn, cho mhath a's dha féin.

11. C. Am bheil uile naoidheana nan creidmheach ann an co-cheangal Dé, dìreach anns a' cheart seadh anns a' bheil iad féin?

F. Cha 'n 'eil barantas againn a ràdh gu bheil iad gun teagamh mar sin. Cha 'n urrainn creidmheach a bhi am feasd air am fàgail gu iad féin a thilgeil a mach á co-cheangal Dé, agus teachd gearr air a' bheatha mhaireannach; ach tha mòran d'an sliochd 'gan dearbhadh féin 'nan coigrieach air uile chòir shlàinteil ann an co-cheangal a' gheallaidh.

12. C. Ciod an seadh ma ta anns a' bheil sinn ri naoidheana nan creidmheach a mheas ann an co-cheangal Dhé?

F. Ged nach 'eil còir, no comas againn, breth a thoirt co dhù tha iad ann gu slàinteil,

no nach 'eil; gidheadh 's leòir dhuinne fios a bhi againn, gu bheil Dia 'gan gabhail a stigh ann, air chor 's gu bheil còir aca air seula a' cho-cheangail an leth a mach.

13. *C.* Am bheil sinn ris gach duine a mheas 'na chreidmheach ann an Criosd, d'an aithne teagasgan a' chreidimh chriosduidh, agus a ta 'g aideachadh a bhi 'creidsinn amta?

F. Cha 'n eil; tha mòran dinbh sin a' nochdadh tuille 's soilleir, le'n gnàthachadh coitcheann, nach 'eil iad a' creidsinn an t-soisgeil.

14. *C.* Ciod ma ta an giùlan agus an gnàthachadh an leth a mach bu chòir a bhi aig gach pàrant a tha faotainn cead a leanabh a chumail ri baisteadh?

F. A bharrachd air cuibhrionn iomchuidh a dh-còlas, agus aidmheil creidimh, bu chòir dha bhi,—ag àicheadh gach uile mhi-dhiadhachd agus ana-mianna saoghalta,—a bhi stuama, ionraic, agus dèanadaich,—a' toirt aoraidh do Dhia maille r'a theaghlach,—a' frithcaladh gu riaghailteach air orduighibh follais-each a' chreidimh,—agus an dara cuid, cheana 'na bhall do'n eaglais, no ag aontachadh a bhi toileach a' cheud chothrom a ghabhail air dlùthachadh r'a co-chomunn.

15. *C.* Am b' iomchuidh do gach pàranta staid 'anama a raunsachadh gu dùrachdach, mun tig e le 'leanabh gu bhi air a bhaisteadh?

F. B'eadh: cha bu chòir gu'm bu leòir leis

a bhi air a mheas airidh le daoineibh. Bu chòir dha cùram sòruichte bhi air, chum deagh chliù a choguis féin a bhi aige, agus deagh theisteanas Dhé a ta ni 's mò na ar cridhe, —agus fios a bhi aige gu bheil e do rìreadh 'na chreidmheach ann an Crìosd.

16. *C.* C'nin a dh' fheudas neach gu tàr-
ainte amharc air féin mar fhìor chreidmheach?

F. Nuair a ta e air a leithid do dhòigh a' creidsinn teisteanas focail Dé mu thimchioll a staid, 's gu'n d' fhairich e gu drùighteach 'fheum air Crìosd; agus, a' gabhail misnich o chuireadhaibh gràs mhor, a theich e gu Crìosd, a thilg se e féin air a thròcair, agus a chuir e earbsa ann airson maitheanas agus beatha shiorruidh;—agus an uair a ta e mar dhearbhadh air a so uile, fìor chùramach a bhi gach latha ag imeachd ann an uile àitheantaibh agus orduighibh an Tighearna gu neo-lochdach.

17. *C.* Am bu chòir do'n phàrant sin, nach urrainn eòir a thagradh air a' bhliùthas so, a leanabh a chumail air ais o bhlaisteadh?

F. Bu chòir gu cinnteach, ma tha e làn fhiosrach gu bheil e' caitheadh a bheatha ann an gràdh agus an cleachdadh a' pheacaidh, eiod air bith co dìomhair 's a dh' fheudas e bhi. Ach ma tha e gu tréibhdhireach a' fuathachadh gach uile pheacadh is fios da, agus deònach a bhi air fhaotainn ann an

Criosd, agus toileach e féin a thoirt suas d'a sheirbhis,—an sin feudaidh e le barantas a leanabh a thoirt chum baistidh.

18. *C.* Am bheil mi-chreidimh a' phàrant a' deanamh baisteadh a leinibh gun bhrìgh, agus 'ga dheanamh feumail gu'm biodh e air ath-bhaisteadh an déigh dha teachd gu aois?

P. Cha 'n 'eil: 'Se ordugh Chrìosd a ta ann, agus tha a bhrìgh agus a dhleasnais a' mairsinn neo-chaohluidheach air an aon dòigh. 'Se na h-uile a ta feumail sa' chùis so, gu'n tugadh an leanabh sin, air dha teachd gu aois, gu h-ìomchuidh fainear nàdur agus cinn-aobhair a' bhaistidh, agus gu'n tugadh e 'n aire gu cùramach na dleasnais a tha e cur mar fhiachaibh air a choimhlionadh.

19. *C.* Ciod na smuaintean dìomhair agus an suidheachadh inntinn leis am b' ìomchuidh do phàranta creideach a bli 'ga uidheamachadh féin, airson a leinibh a chumail ri baisteadh?

P. Bu chòir dha greim a ghabhail as ùr air cùmhnanta Dhé air a shon féin tre chreidimh,—an gealladh a thagradh gu dùrachdach, “Bithidh mi 'am Dhia dhuitsa agus do d' shliochd”—agus guidhe air an Tighearn a dheanamh comasach air a leanabh a thiomnadh a suas gu saor thoileach chum a sheirbhis.

20. *C.* Cionnas bu chòir do phàranta creideach e féin ìomchar fhad 's a tha 'n t-ordugh 'ga fhrithealadh d'a leanabli?

F. Bu chòir dha smuainteachadh gu cràbhach air an ainm mhór agus naomha sin d'a bheil a leanabh 'ga thiomnadh a suas ann an baisteadh,—air na firinnibh eudthromach agus na beannachdaibh luachmhor a ta air an ciallachadh le samhladh glanaidh an uisge,—as-luchadh gu'm biodh iad air an cur gu h-éifeachdach r'a leanabh,—agus a thoirt suas gu toileach agus gu cridheil do chùram athaireil agus do ghràdh naisgte Dhé.

21. *C.* Cionnas bu chòir dhoibhsan a ta an làthair baistidh iad féin a ghiùlan?

F. Bu chòir dhoibh a bhi 'smuainteachadh air am baisteadh féin, agus air na bóidibh fo bheil iad do'n Tighearna,—bu chòir dhoibh a bhi 'beachdachadh le h-ìoghnadh air suairceas agus gràs Chrìosd ann an gabhail leanaba beaga d'a eaglais,—agus a bhi 'cur suas an ùrnuighean araon as leth a' phàrant agus a leinibh.

EARRANN VII.

Mu Bhaisteadh Naoidheana.

1. *C.* Ciamar a dhearbhas tu gur còir naoidheana chreidmheach a bhaisteadh?

F. Air iomadh dòigh a tha toirt leòir chinnt mu'n chùis, agus b'iomchuidh do gach pàrant an làn thuigsinn.

2. *C.* Ciod e do cheud Dcarbhadh?

F. Fhrithcaladh seula co-cheangail Dé do

naoidheana fo'n t-Seann Tiomnadh,—'s e 'n co-cheangal ceudna a ta againn fo 'n Tiomnadh Nuadh, agus cha d' thugadh còir naoidheana air seula a' cho-cheangail so riamh air a h-ais.

3. *C.* Ciod an co-cheangal a tha 'na d' bheachd?

F. An co-cheangal a dhaingnich Dia ri Abraham. Gen. xvii. 1—14.

4. *C.* Ciod an seòrsa co-cheangail a bha 'n sin?

F. Co-cheangal anns an do gheall Dia sliochd lionmhor a thoirt do Abraham; agus, a dheanamh ann an seadh spioradail, 'na athair nan uile chreidmheach, Rom. iv. 11—18; agus a bhuileachadh air féin agus air a shliochd, cha 'n e tìr Chanaain amlàin, ach mar an ceudna dúthaich is fcarr agus nèamhaidh, Eabh. xi. 10—16.

5. *C.* An robh an co-cheangal so 'na thaisbeanadh air an ni ris an abrar gu bidheanta cùmhnanta nan gràs, no cùmhnanta an t-soisgeil?

F. B'e 'cheart chùmhnanta so féin a bh'ann 'na nàdur, mar a ta e soilleir o'n ghealladh shoisgeulach a ta ann, rann. 7. "Bithidh mi a'm Dhia dhuitsa agus do d' shliochd a' d' dhéigh." Bha 'n gealladh so a' gabhail a stigh ann gealladh a' Mhesiah, Gen. xii. 3, agus bha e air a stéigheachadh air; oir cha 'n 'eil Iehobha 'na Dhia co-cheangail do neach air bith, ach ann an Crìosd. Os bàrr, tha 'n

t-abstol gu soilleir ag ràdh ris, “an eo-cheangal a dhaingnicheadh le Dia ann an Criosd,” Gal. iii. 13—18.

6. *C.* Ciamar a bha naoidheana air an gabhail a stigh do’n cho-cheangal so?

F. Le ordugh an timchioll-ghearraidh a bhi ri bhi air a fhrithealadh do gach leanabh mic, an ceann oelid làithean a dh’aois.

7. *C.* Nach robh an timchioll-ghearradh air orduchadh chum eadar-dhealachadh a chur eadar na h-Iudhaich agus Cinnich eile, agus gu bhi ’na chomharadh dhoibh air an còir air a’ Chanaan thalmhaidh?

F. Fhreagair o cha ’n e ’mhàin a chum sin a dheanamh, ach bha e gu sònriehte ’na chomharadh air co-cheangal Dé dhoibh, “gu’m biodh e ’na Dhia dhoibhsan, agus ’na Dhia d’an sliochd, agus gu’m biodh iadsan ’nan sluagh dhàsan;”—ann am briathraibh eile, b’ e ’n comhara faicsinneach e gu’n do roghnaich Dia iadsan agus an elann, mar eaglais dha féin air thalamh, agus gu’n d’ thugadh e iad do n’amh.

8. *C.* Am bheil seadh spioradail so an timchioll-ghearraidh, gu soilleir air ainmeachadh ann an earrannaibh eile do’n Bhiobull?

F. Thà: “oir cha ’n Iudhaeh esan a tha mar sin o’n leth muigh; agus cha ’n e sin an timchioll-ghearradh, a tha gu follaiseach san fheòil: Ach is Iudhaeh esan, a tha mar sin san taobh a stigh; agus is e sin an timchioll-

ghearradh a tha sa' chridhe, agus san spiorad, cha 'n ann san litir; aig am bheil a chliù cha 'n ann o dhaoibh, ach o Dhia." Rom. ii. 28, 29. Agus tha 'n t-abstol ceudna a' gairm do'n timchioll-ghearradh, "comharadh agus seula fireantachd a' chreidimh a bha aig Abraham, 'nuair a bha e neo-thimchioll-ghearrta. Rom. iv. 11.

9. *C.* Am bheil e cinnteach gu'n d' thainig am baisteadh an àite an timchioll-ghearradh?

F. Thà :—air an dara laimh, bha 'n timchioll-ghearradh féin air a chur air cùl, Gniomh. xv. 24—29; agus air an laimh eile, tha Pòl gu soilleir ag ràdh ri baisteadh, "timchioll-ghearradh Chrìosd," no an timchioll-ghearradh Crìosduidh, Col. ii. 11. 12.

10. *C.* Ciod an dearbhadh a tha thu tarruing o na nithibh so gu léir a dhaingneachadh baisteadh naoidheana?

F. 'Se so e gu soilleir; o'n a bha 'n timchioll-ghearradh, seula co-cheangail Dé, air a fhrithealadh do naoidheanaibh na dream a bha 'nam buill do'n eaglais Iudhaich,—agus o'n is e'n co-cheangal sin an ceart cho'-cheangal a ta nis ann fo'n t-soisgeul, oir is co-cheangal sìorruidh e,—uime sin is còir am baisteadh, a thainig an àite an timchioll-ghearradh, a fhrithealadh do naoidheanaibh chreidimh-each, a tha 'nam buill do'n eaglais Chrìosduidh, a chionn nach d' thugadh riamh air a h-ais a' chòir a bha aca o shean, air seula co-cheangail Dé.

11. C. Ciod e do dhara dearbhadh?

F. Tha e air a thoirt o'n mheas ehomhar-
aichte a nochd Criosd do naoidheanaibh, agus
a' chainnt bhàigheil mhisneachail anns an do
labhair e umpa, mar bhuill d'a rìoghachd
spioradail fo 'n Tiomnadh Nuadh, cho cinnt-
each 's a bha iad fo 'n t-Seann Tiomnadh.
Leugh Mat. xix. 13—15, agus coimeas e ri
Marc x. 13—16.

12. C. Ciamar a ta thu cur an dearbhaidh
so an céill?

F. Tha “rìoghaehd nèimh,” a' ciallachadh
na li-caglais air thalamh, no an caglais air
nèamh,—no mar is ro fhèarr, an caglais air
thalamh agus air nèamh, mar aon rìoghachd
spioradail. Bha na pàrantan (oir có ach pàr-
antan a nochdadh cùram cho mòr mu'n cloinn
so?) bha na pàrantan a thug an clanna bheag
gu Criosd a' creidsinn ann, agus uime sin bha
meas ro mhór aca air a bheannachadh, agus
ghuidh iad gu dùrachdach dhoibh e; agus tha
e air a ràdh gu soilleir gu'n robh an clann
'nam buill do dh-caglais Chriosd, no d'a rìogh-
achd spioradail, agus bhuin Criosd riù gu
caomh mar “uain a threud.” Ach ma tha
iad 'nam buill d'a rìoghachd, tha còir aca bli
air an toirt d'a ionnsuidh airson baistidh, an
comharadh faicsinneach air a' chòir so nis, cho
cinnteach 's a fhuair a' chlànn Iudhach a'
cheud chomharadh. Agus tha 'n t-achmhasan
a thug Criosd d'a dheisciobluibh, agus 'ordugh

dhoibh, iad a dh' fhulang do na leanabaibh beaga bhi air an toirt d'a ionnsuidh, a' toirt misneach làidir araon do mhinisteirean agus do phàrantaibh creideach chum an toirt gu Crìosd ann am baisteadh.

13. C. Ciod e do Threas dearbhadh?

F. Tha e air a stéigheachadh air ordugh Chrìosd d'a abstolaibh: "Uime sin imichibhse, agus teagaisgibh gach uile chiumeach 'gam baisteadh," &c. Mat. xxviii. 19.

14. C. Ciamar a dhearbhas tu baisteadh naoidheana o'n ordugh so?

F. Bha 'n àithne so, "a dhol a theagasg, no a dheanamh dheisciobul do gach uile chinneach, 'gam baisteadh," &c., air a toirt do dhaoineibh a bha 'nan Iudhaich,—daoine d'am b' aithne gu'n robh an timchioll-ghèarradh, an ceud chomharadh air co-cheangal Dé, daonnan air a fhrithealadh araon dhoibhsan a bh' air an gabhail a stigh do'n chreidimh Iudhach agus d'an cloim,—daoine a chuunaic am meas agus an t-suim a ghabh Crìosd do naoidheanaibh, agus a chuala 'àithne mu'n timchioll. Gun teagamh sam bith, uime sin, b' fheudar gu'n do thuig iad an t-ordugh so sa' cheart seadh san tuigeadh iad e nan abairte riù dol agus deisciobuil a dheanamh do gach uile chinneach, 'gan timchioll-ghèarradh; agus mur b'e rùn Chrìosd gu'n tuigeadh iad san t-seadh so e, gun teagamh dh'innseadh e dhoibh gu soilleir, nach robh naoidheana ni b'fhaide, ri bhi air



an gabhail a stigh, maille ri'm pàrantaibh, d'a cho-cheangal, no ri ceud seula nuadh a cho-cheangail fhaotainn. O nach d' rinn e so, tha làn dearbhadh nach b' e a rùn atharrachadh a dheanamh air còir naoidheana air seula a' cho-cheangail fo 'n Tiomnadh-Nuadh, agus air an aobhar sin, a ta làn bharantas airson naoidheana chreidmheach a bhaisteadh.

15. C. Ciod e do Cheathramh dearbhadh?

F. Tha e air a thoirt o bhriathraibh Pheadair, Gniomh. ii. 38. "Gabhaidh aithreachas, agus bithibh air bhur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Crìosd chum maitheanais pheacanna, agus gheibh sibh tiodhlae an Spioraid Naoimh; oir a ta 'n gealladh dhuibhse, agus do 'ur cloinn, agus do na h-uile a ta fad o laimh, eadhon a mheud as a ghairmeas an Tighearna ar Dia."

16. C. Ciamar a dhearbhas tu còir naoidheana air baisteadh o na briathraibh so?

F. 'Se an gealladh a thug Dia do Abraham a bha am beachd an abstoil aig an àm so, "Bithidh mi a' m' Dhia dhuitse agus do d' shliochd;" agus uime sin o na bha Peadar a nis a' labhairt ri Iudhaich a bha fiosrach mu'n chùis, dh' fhoghain leis amhàin *an gealladh* a ràdh ris, agus tha e 'g ainmeachadh cuid d'a bhriathraibh. Mar so, 'nuair tha e 'sparradh orra aithreachas a ghabhail, agus a bhi air am baisteadh, chum misneach a thoirt doibh, tha e 'g an deanamh cinnteach, gu 'm

faigheadh iad cha 'n e amhàin tiodhlac an Spioraid Naoimh, air an robh baisteadh mar shamhladh; ach tha e gu soilleir a' cur an cèill gu'n robh ordugh a' bhaistidh, a ta chum gabhail a stigh gu faicsinneach do cho-cheangal Dé, a cheart cho farsuing ris an timchiollghearradh, agus gu'm biodh e air a fhrithealadh araon doibh féin, agus d'an cloinn.

17. C. Ciod e do Chùigeamh dearbhadh?

F. A ta e air a thoirt o riasanachadh an abstoil, 1 Cor. viii. 14. "Oir a ta am fear ana-creideach air a naomhachadh leis a' mhnaoi, agus a ta a' bhean ana-creideach air a naomhachadh leis an fhear; no bhiodh 'ur clann neo-ghlan; ach a nis a ta iad naomha."

18. C. Ciamar a tha so a' dearbhadh baisteadh naoidheana?

F. Tha am focal naomha air a ghnàthachadh an so, san t-seadh choitchionn sin anns am bheil sluagh Israeil, agus an clann, mar eaglais fhaicsiunich Dhé, air an gairm '*nan sluagh naomha*, agus '*nan sliochd naomha*; agus tha am focal *neo-ghlan* a' ciallachadh nan cinneach ana-creideach, a ta air an druidealh a mach o shochairibh faicsinneach eaglais Dé. Faic Ecsod. xix. 6.; Deut. vii. 6.; xiv. 2.; Esra ix. 2.; Isa. xxxv. 8.; lii. 1.; Gniomh. x. 28. A nis tha 'u t-abstol ag ràdh gu 'm bheil am pàrant ana-creideach, trid a dhlù-dhàimh ris a' phàrant a ta creidsinn, air a naomhachadh air dhòigh, (ged nach ann gu pearsanta),

'nan sliochd, air chor 's nach 'eil an clann air an meas neò-ghlan, no 'nan cinnich; ach naomha, no an taobh a stigh do caglais fhaicsinnich Chrìosd, maille ris a' phàranta chreideach; agus air an aobhar sin gu bheil còir gu soilleir aca air baisteadh, comharadh na soch-air so.

N. B.—'S fìor aincolach a' bharail gu bheil an naomhachd a ta so, a' ciallachadh gu bheil iad 'nan cloinn *laghail* no *phòsda*, oir 's ann tha e gu soilleir ag éiridh o'n dara h-aon de na pàrantan a bhi 'na chreideach; ach bhiodh iad 'nan cloinn *phòsda*, ged bhiodh na pàrantan le chèile ana-creideach.

19. C. Ciod e do Sheathamh dearbhadh?

F. Tha na fàidhean agus na h-abstoil a' toirt cinnte gu bheil frithealadh a' chreidimh Chrìosduidh a' toirt *buridh* air a' chreidimh Iùdhach gu mòr, a thaobh sochairean chreideach; agus cha d' àicheadh Iùdhach iomp-aichte air bith so riamh.

20. C. Cionnas a tha thu toirt dearbhadh uaithe so airson baisteadh naoidheana?

F. Bu dù do na h-Iùdhaich a dh' iompaich a dh' ionnsuidh a' chreidimh Chrìosduidh, gu'm biodh fiughair aca, a chionn gu robh an clann air an gabhail a stigh do cho-cheangal Dè trid an timchioll-ghearraidh, fo 'n t-Scann-Tiomnadh, gu'm biodh iad air a' chuid bu lugha cho ullamh air an gabhail a stigh ann trid baistidh, fo 'n Tiomnadh Nuadh. Nam

biodh an t-ordugh so air a dhiùltadh d' an leanabaibh, gun teagamh ghearaineadh iad gur ann a rinn frithealadh an t-soisgeil an sochair-ean gu mór a lughadachadh, an àite am meudachadh. Gidheadh, cha d' rinneadh an gearan so riamh; agus uime sin tha sinn a' co-dhùnadh nach robh aobhar air a shon do bhrìgh 's gu 'n robh an clann air am baisteadh.

21. C. Ciod e do Sheachdamh dearbhadh?

F. Bhaist na h-abstoil àireamh mhór de theaghlaiche, no teaghlaich-iomlan, a chionn gu 'n d' rinn ceannardan nan teaghlaiche sin aidmheil 'nan creidimh ann an Crìosd;—mar a bha teaghlach Lidia, Gnìomh. xvi. 15.;—teaghlach fhir-coimheid a' plùrosain ann am Philipi, rann 33.;—agus teaghlach Stephanais 1 Cor. i. 16.

22. C. Ach am bheil thu cinnteach gu'n robh a bheag de chloinn òig anns na teaghlaichibh so?

F. Tha e ro choltach gu robh clann òg ann an cuid dhiubh; oir cha 'n 'eil iomradh air a dheanamh air creidimh a h-aon air bith ach am pàranta, agus tha Lidia a' labhairt uimpe féin, mar gu'm b'i fhéin amlàin an t-aon chreidmheach a bha 'na teaghlach. Tha na h-eisimpleirean so, uime sin, a' dearbhadh gu soilleir, gu bheil a leithid do dhlù-dhaimh eadar pàrantan agus an clann, gu bheil còir aig a' chloinn air baisteadh, an uair tha na pàrantan ag aideachadh an creidimh ann an

Criosd; agus tha iad mar an ceudna a' dearbhadh, gu robh e 'na chleachdadh *coitchionn* teaghlaichean iomlan a bhaisteadh, agus cha 'n 'eil teagamh sam bith nach robh naoidheanan ann an cuid mhór de na teaghlaiche sin.

23. C. Ciod e t' Ochdamh dearbhadh?

F. A ta e air a thoirt o'n nì chomharaichte so, Nach 'eil cunntas san Sgriobtuir air baisteadh sliochd aon chreidmheich an déigh dhoibh teachd gu h-aois, a bha 'nan leanabain an uair a chaidh am pàrantan a bhaisteadh, no a rugadh 'na dhéigh sin.

24. C. Ciamar a dhearbhas tu baisteadh naoidheana o'n nì sin?

F. Tha 'n eachdraidh a th' ann an leabhar nan Gniomh a' gabhail a steach innte corr a's deich bliadhna fichead; agus uime sin, b' fheudar, gu 'n d' thainig clann nan ceud chreidmheach, gu h-aois, anns an ùine sin. Mur do bhaisteadh iad an aois an leanabais, cionnas tha e tachairt, am measg a liughad baisteadh 's a th' air ainmeachadh san leabhar so, no an aon seach aon de litriche nan abstol, nach 'eil urrad 's an t-ìomradh a's lugha air a thoirt air baisteadh a h-aon air bith dhiubh an déigh dhoibh teachd gu h-aois? Cha ghabhte a stigh do'n eaglais iad, gun bhaisteadh, agus tha tosd nan Scriobtuire mu'n chùis so,— maille ris a' chunntas a th' againn air baisteadh theaghlaichean, a' deanamh suas dearbhadh làidir gu'n do bhaisteadh iad an aois an leanabais.

25. C. Ciod e do Naoidheamh dearbhadh?

F. Tha dearbhadh soilleir agus faitneach againn o Eachdraidh na h-caglais, gu robh baisteadh naoidheana, gu cinnteach air a chleachdadh, o linn nan abstol, air feadh na h-caglais Chriosduidh gu léir.

Tha *Justin Martir*, a sgrìobh mu thimchioll da fhichead bliadhna an déigh linn nan abstol, ag ràdh, “Fhuair sinn cha ’n e an timchiollghearradh feòlmhor, ach spioradail, tre bhaisteadh.” Tha e gu soilleir a’ meas an so, gu’n d’ thainig am baisteadh an àite an timchiollghearradh, agus uime sin, gu bheil e ri fhrithealadh do naoidheanaibh, mar a bha ’n timchiollghearradh. *Tertullian*, a bha ceud gu leth bliadhna an déigh Chriosd, ged a eomhairlich e dàil a chur ann am baisteadh cuid do naoidheanaibh; gidheadh le so a dheanamh, tha e gu soilleir ag aideachadh gu robh an cleachdadh so air a ghuàthachadh roimh an àm sin. Tha *Origen*, a bh’ ann mu dha cheud bliadhna an déigh Chriosd, ag ràdh, “Tha naoidheana ’gam baisteadh chum maitheanas pheacanna.” Agus a rithist, “Fhuair an eaglais beachd-sgeul o na h-abstoil, gur còir baisteadh a fhrithealadh do naoidheanaibh.” Tha *Ciprian* a’ toirt cunntas gu robh Coinneamh-Cléire air a cumail r’a linn-san ann am baile mór Charthage, anns a’ bhliadhna 253, a thoirt breth co dhiùbh bu chóir dàil a chur ann am baisteadh naoidheana, gus an t-ochdamh latha,

mar bha an timchioll-ghearradh. Ged bha *sea a's tri-fichead* easpuig a làthair, agus mor-an dhiubh 'nan seann daoine, cha robh aon teagamh air a chur nach robh baisteadh naoidheanan iomchuidh, agus cho-aontaich iad nach ruigte leas dàil a chur ann gus an t-ochdamh latha. Tha *Augustin*, a bh' ann mu thri-cheud bliadhna an deigh nan abstol, ag ràdh, "Tha 'n Eaglais gu léir a' cleachdadh baisteadh naoidheana: cha 'n ann le comhairlibh Cléire chuireadh air chois e, ach bha e daonnan air a chleachdadh." 'Nuair a bha e cur an aghaidh *Phelagiu*s a bha 'g àicheadh peaeadh-gine, tha e gu tric a' toirt baisteadh naoidheana mar dhearbhadh air; agus *Pelagius* so féin, an àite oidhearp a thoirt air a' chleachdadh so àicheadh, no a dhètheadh mar ni a bha 'n aghaidh nan Sgriobtuire, rud a dheanadh e gun teagamh nam b' urrainn e, 's ann tha e ag ràdh gu saor; "Cha chuala mi riamh eadhon luchd-saobh-chreidimh, cia aingidh no amaideach 'gan robh iad, a chuir romhpa gu'm bu chòir baisteadh a dhiùltadh do naoidheanaibh." 'Se mar tha chùis, cha robh *Comunn* riamh ann a dh' àicheadh gu ròbh baisteadh naoidheana laghail, gus a' bhliadhna 1120, 'nuair a chuir aon dream do na *Ualdensich* ann an *Suiserland* 'na aghaidh; ach an ùine ghoirid thainig iad gu neo-ni. Ni mò thog a' bharail so a ris a ceann, gus a' bhliadhna 1522, fuidh theagasg an duine mhi-chéill-

idh, iargalta, agus bhorb sin, *Munser*, anns a' Ghearmailt.

26. C. Nach 'eil iadsan a ta cur an aghaidh baisteadh naoidheanan a' toirt iomadh riasan coltach 'na aghaidh?

F. Tha iad 'ga dheanamh sin; ach an uair a mhion-rannsuichear na riasain sin, gheibhear gu bheil iad ni 's dàicheile na tha iad brìgh'or.

N. B. Bheir sin fainear gu h-aithghearr a' chuid a's sonruichte dhiubh.

I. Deir iad, "nach 'eil àithne shònruichte airson baisteadh naoidheana." Freagradh. Tha iomadh dleasnas fiachnaichte, nach 'eil gu sònruichte air àithneadh. Cha'n'eil àithne shònruichte air son Suipeir an Tighearn a fhrithealadh do bhoirionnaich, ni mò tha e air àithneadh do phàrantaibh ùrnuigh a dhcanamh maille ri 'n teaghlaichibh, no leughadh a theagasg d'an cloinn; ni mo tha àithne shònruichte airson an t-sàbaid Chrìosduidh a chumail naomh; agus nach bu mhearachdach a' bharail nach 'eil na dleasnais sin fiachnaichte oirnn? Ach a thaobh baisteadh naoidheana, cha ruigte leas àithne air bith eile thuilleadh air an àithne a thug Dia do Abraham mu'n timchioll-ghearradh. Dearbhadh iadsan a ta cur an aghaidh baisteadh naoidheana, gu robh an *àithne sin* air a cur air chùl, agus an uair a bha 'n *comhara sin* a chum gabhail a stigh do cho-cheangal Dè air atharrachadh gu baisteadh, gu robh *so* gu soilleir air a thoirmeasg

do naoidheanaibh. Gus an deanar so, tha 'n t-sean àitlne a' seasamh dìongmhalta.

2. Deir iad, “Gu bheil e mi-riasanda dol a chum an t-Seann Tiomnaidh a dh' fhaotuin barantais airson òrdugh a bhuineas do'n Tiomnadh-Nuadh; agus, o'n chuireadh lagh Mhaois air cùl, gu bheil e mi-fhreagarrach a bhì riasnachadh o'n timchioll-ghearradh a dhearbhadh baisteadh naoidheana.”

E. Tha sinn a' dol gus an t-Seann Tiomnadh mu'n chùis so, a chionn gu bheil sinn air ar cur d'a ionnsuidh leis an abstol, a tha toirt dearbh-chinntè dhuinn nach b' urrainn gu 'n cuireadh an cùmhnant a rinneadh aig sliabh Shinaì, an ceann cheithir ceud agus dheich bliadhna fichead 'na dhéigh, an co-eheangal a rinneadh ri Abraham an neò-bhrìgh, no gu 'n cuireadh e a ghealladh air cùl, Gal. iii. 17;— agus a chionn “nach ann o Mhaois a ta 'n timchioll-ghearradh, ach o na h-aithrichibh,” agus gu'm buineadh e do 'n co-eheangal so, a bh' ann roimh lagh Mhaois, “nach fàs gu bràth aosda no sean,” agus a thainig a nuas dhuinne agus d' ar cloinn.

3. Deir iad, “Nach urrainn gu'n d' thainig am baisteadh an ionad an timchioll-ghearradh, do bhrìgh gu robh an timchioll-ghearradh 'ga fhrithealadh amhàin do fhirionnaich agus do chloinn-ghillean, ach a ta am baisteadh ri 'fhrithealadh araon do fhirionn agus do bhoirionn.”

D. A ta baisteadh bhoirionnach agus chloinn-nighean amhàin a' meudachadh na sochair, a 's cha 'n ann 'ga lughdachadh no a' toirt uripe, mar a bhiodh a' chuis le baisteadh a dhiùltadh do'n gach leanabh;—meudachadh sochair cuideachd, a ta co-fhreagrach do nàdur a's ro-inbheiche a' chreidimh Chrìosduidh: Gal. iii. 27, 28.

4. Deir iad, “Gu robh an timchioll-ghearradh air a fhrithealadh do na h-Iudhaich gu léir agus d'an cloinn, agus eadhon do na h-uile choigrich a bha chòmhuidh 'nam measg agus d'an cloinn, co dhiùbh bha iad 'nan creidmheich, no nach robh; ach gu bheil am baisteadh r'a fhrithealadh dhoibhsan amhàin a tha deanamh aidmheil fhollaiseach sa' chreidimh.”

F. Bha 'n co-cheangal air an robh an timchioll-ghearradh 'na shèula, a' gabhail a stigh ann cha 'n e 'mhàin beannachdan spioradail, ach mar an ceudna beannachdan aimsireil agus sochairean mar shluagh rioghachd; agus air an aobhar sin bha 'n t-ordugh sin ri fhrithealadh do gach aon do'n t-sluagh sin. Ach cha'n'eil gealladh san t-soisgeul air beannachdan mar shluagh rioghachd, agus mar sin cha 'n 'eil am baisteadh ri' fhrithealadh do uile shluagh rioghachd air bith. Os bàrr; bha ar aon na h-Iudhaich agus na coigrich timchioll-ghearrta, air am meas mar eaglais Dé, agus bha iad gun teagamh, gu léir a' deanamh aidmheil sa' chreidimh, agus bha iad gu soilleir

fo fhiachaibh gu bhì 'nan sluagh do Dhia, agus gu 'theagasg d'an cloimh agus d'an teaghlach 'aitheantan a choimhead. Faic Deut. iv. 1—9; agus vi. 1—15.

5. Deir iad, “Nach 'eil eisimpleir airson baisteadh naoidheana.”

F. Cha 'n 'eil sinn ag ràdh gu bheil baisteadh naoidheana gu h-àraid air ainmeachadh; oir nam biodh e air ainmeachadh, bhiodh erioch an tiota air an deaspud m'a thimchioll. Ach ma chuireas iad 'na aghaidh air a shon so, dh'fheudamaid air an stéigh cheudna a chumail a mach, nach bu chòir clann chreidimh-cach a bhaisteadh an déigh dhoibh teachd gu aois, a chionn nach 'eil eisimpleir air a shon san Tiomnadh Nuadh. Os bàrr, ann am baisteadh nan teaghlachan a th' air ainmeachadh, tha gu cinnteach againn ni a ta co-ionann ri eisimpleir airson baisteadh naoidheana.

6. Deir iad, “Gu bheil creidimh agus aithreachas air an iarruidh uathasan a ta air am baisteadh, agus do bhrìgh 's nacli 'eil naoidheana comasach air so a bhì aca, nach bu chòir am baisteadh.”

F. Tha creidimh agus aithreachas a cheart co-math air an iarruidh a chum slàinte; ach ged nach 'eil naoidheana comasach air so a bhì aca, co aig a' bheil a dhalmachd a ràdh gur éigin dhoibh a bhì air an sgrìos gu sìorruidh? Mur dean a bhì eucomasach air na

gràsan so a thaisbeanadh, an druideadh a mach o shlàinte, ni mò bu chòir dha so an aitim sin diubh a dhruideadh a mach o chomharadh na slàinte, a dheònaich Dia a ghabhail a steach, maille r'am pàrantaibh, 'na chùmhanta tròcair.

7. Deir iad, “ Gu bheil e co-flheagarach Snipeir an Tighearna fhrithealadh do naoidheanaibh, ri baisteadh.”

F. 'S co math a dh' fheudta a ràdh, gu'm bu chòir a cheadachadh do naoidheanaibh itheadh do'n uan-chàisg. Gidheadh cha robh so air a cheadachadh dhoibh gus an robh iad air an teagasg a thaobh brìgh agus aobhair an ordugh sin. Exod. xii. 26, 27. Agus air an stéigh cheudna, cha robh na h-abstoil a' cheadachadh do neach air bith teachd gu Bord an Tighearna, gus an tigeadh iad gu aois tùir agus toirt fairear; gus am bitheadh iad air an teagasg ann am firinnibh an t-soisgeil; agus gus am biodh iad comasach air iad féin a cheasnachadh.

8. Deir iad, “ Nach nrrainn tairbhe, a bhi ann am baisteadh a fhrithealadh do naoidhean neo-mhothachail.”

F. Feudaidh tairbhe bhi ann am baisteadh naoidhean, cho cinnteach 'sa bha ann an timchioll-ghearradh a h-aon dhinbh. A thuilleadh air sin, gun iomradh air a' bhuanachd a dh' fheudas na tha làthair agus na pàrantan a tharruing uaithe, tha còir aig an leanabh a

ta air a bhaisteadh auns gach urnuigh a ta air a cur suas airson teaghlach a' chreidimh san do ghabhadh a steach e; agus an uair a thig e gu aois toirt fairear, cia mór a dh' fheumas e drùghadh air 'inntinn agus air a ghiùlan, a bli air a theagasg gu robh senla daingneachaidh a' cho-cheangail air a cur air? agus cia mór is dù dha so a ghràdh d'a phàrantaibh a mheudachadh, trid an robh e air a choisrig-eadh do Dhia, agus air aideachadh mar aon d'a chloinn.

27. C. Ciod an co-dhùnadh a tha thu a' tarruing o na li-uile dearbhadh dhiubh so mu thimchioll baisteadh naoidheana?

F. Gu bheil againn barantas móran ni's dìongmhalta airson baisteadh naoidheana nan creidmheach, na th' againn airson a' cheud là do 'n t-seachduin a choimhead naomha mar an t-Sàbaid Chriosduidh; barantas a ta co làn-chinnteach 's nach bu chòir do ni air bith ach bacadh soilleir o Dhia, a thoirt air neach sam bith an t-sochair Chriosduidh so a thilgeadh air chùl, agus dìneas a dheanamh air a' chleachdadh so agus toirt thairis dha.

EARRANN VIII.

Briathra frithealaidh a' Bhaistidh.

1. C. Ciod a' chend ni bu chòir do phàrant a dheanamh, an déigh d'a leanabh a bhi air a bhaisteadh?

F. Bu chòir dha, co luath 's as urrainn e, dol an uaigneas, agus ùrnuigh dhùrachdach a chur suas, araon airson a leinibh agus air a shon féin.

2. *C.* Ciod an ùrnuigh bu chòir dha chur suas airson a leinibh?

F. Gu'm faigheadh a leanabh seulachadh an Spioraid Naoimh an leth a stigh, mar fhuair e seula a' bhaistidh an leth a muigh, gu 'n deanadh Dia a leanabh 'na chusbair air a chùram sònruichte,—agus gu'n deanadh e a leanabh, ma chaonar e, 'na bheannachadh dha féin agus d'a theaghlach, 'na mheanglan feunail 'na linn, agus 'na sheirbhiseach dìleas do Chrìosd.

3. *C.* Ciod bu chòir dha ghuidhe air a shon féin?

F. Gu'm biodh e air a theagasg le Dia, agus air a neartachadh le 'Spiorad, chum a dhleasnais mar phàrant a choimhlionadh, le gliocas, tréibhdhreas, agus seasmachd; agus gu'n crùnadh an Tighearna 'oidhearpan le soirbh-eachadh.

4. *C.* Ciod iad na dleasnais a ta fiachnaichte air mar phàrant?

F. Cha 'n e amhàin gu bheil e mar fhiachaibh air, biadh agus eudach iomchuidh a sholar airson a shliochd, agus foghlum a thoirt doibh a bhios freagarrach d'a staid; ach tha e gu sònruichte mar fhiachaibh air “an togail suas ann an oilean agus ann an teagasg an Tighearna.”

5. *C.* Ciomas bu chòir so a dheanamh?

F. Bu chòir dha teagasg diadhaidh thoirt doibh, gu tràthail, gu soilleir, agus gu tric,— eisimpleir math a chur fa' u comhair, casg a chur air an droch thograibh,—an cur air an faicill an aghaidh dhroch cleachdanna,—a thoirt orra companaich aingidh a sheachnadh,—an cleachdadh ri urram a thoirt do 'n t-Sàbaid, agus feitheamh air aoradh follaiseach Dhé,—bu chòir dha theagasg dhoibh an beatha chaitheadh ann an cleachdadh ùrnuigh gach latha,—agus araon 'na theaghlach, agus an uaigneas a bhi tric ag ùrnuigh maille riu, agus as an leth.

6. *C.* Ach nach 'eil mòran phàranta neo-chomasach air na dleasnais so a choimhlionadh?

F. Ma tha iad mar sin, a measg mheadhonan teagasg, bu chòir dhoibh an dì comais a mheas, cha 'n ann mar an leisgeul, ach mar an cionta; agus an àite iad féin a thoileachadh leis an leisgeul so, 's ann bu chòir dhoibh gun dàil an t eòlas agus an diadhachd sin a shireadh, a dh'uidheamaicheas iad ehum an clann a thogail suas ann an eagal an Tighearna.

7. *C.* Ach nach 'eil leisgeul cuid de phàranta ri 'ghabhail, do bhrìgh nach 'eil ùine no cothrom aca, air an clann a theagasg?

F. 'S ainneamh eannard teaghlaich aig nach 'eil beagan ùine agus cothrom air feasgar gach latha, agus cha mhòr gur urrainnear earrann do'n ùine sin a bhuileachadh ni's fearr,

na ann an teagasg diadhaidh a thoirt d'a chloinn; agus tha pailteas cothrom air a so, air làithibh na Sàbaid, an déigh an aoraidh fhollaisich.

8. *C.* Am bheil aobhar dòchais aig pàrantaibh cràbhach gu'm beannaich Di an teagasg-an diadhaidh d'an cloinn?

R. Thà gun amharus:—"Teagaisg leanabh a thaobh na slighe air an còir dha imeachd; agus an uair a bhios e sean, cha tréig e i." Gnath. xxii. 6.

9. *C.* Ach nach fhaic sinn clann dhaoine matha, air uairibh a' dol cho fad air seacharan ri feadhain eile?

R. Cha 'n fheudar an fhìrinn chianail sin àicheadh; ach an uair tha 'chuis mar sin, tha am barrachd aobhair gu chreidsinn, gu robh cuid do'n choire air taobh nam pàranta, na gu'm fàilnicheadh gcalladh Dhé gun bhì air a choimhlionadh.

10. *C.* Ciod a tha 'tachairt an lorg phàrantan a dhcanamh dearmad air teagasg diadhaidh an cloinne?

R. Cha 'n e 'mhàin gu bheil an clann, mar is bidheanta a' cinntinn suas 'nan aimheal agus 'nam bristeadh-cridhe dhoibh, an àite bhì 'nan co-fhurtachd; ach tha an leithide so de phàranta 'gam fàgail féin buailteach do dhiomb Dhé, agus a' cur an sliochd an cunnart tru-aighe shiorruidh.

11. *C.* Nach dà do smuaintibh air a so, a bhì anabharrach cràiteach do phàrantaibh?

F. Cha 'n urrainn an inntinn a bhi air a cràdh le smuain is uamhasaiche; agus, air a shon sin, tha mìltean de phàrantan, nan smuainticheadh iad gu suidhichte mu'n chùis, a dh' fheumas a' choire chur as an leth féin, a chionn iad a bhi 'nan cionfàth sònruichte air léirsgrios an cloinne, an dà chuid anns an t-saoghal so agus fad linnibh na siorruidheachd.

12. *C.* Nach dù dha móran co-fhurtachd a thoirt do phàranta diadhaidh, 'nuair tha e faicinn a theagasgan diadhaidh a soirbheachadh?

F. Saor o 'dhàimh àraid féin ris an Fhear-shaoraidh, cha 'n 'eil ni is urrainn barrachd gairdeachais a thoirt da, na bhi faicinn a chloinne 'teachd air an aghart ann an gliocas, agus ann am maitheas, agus a bhi ag altrum an dòchais gu 'n gabh iad còmhnuidh maille ris gu siorruidh ann an rìoghachd na glòire.

EARRANN XI.

Modh frithealaidh a' Bhaistidh.

1. *C.* Am bheil baisteadh an aois an lean-abais a' cur dleasnais dhiadhaidh sam bith mar fhiachaibh air muinntir òg?

F. Thà : cho luath 's a tha iad comasach air an òrdugh so a thuigsinn, tha e dh' fhiach-aibh orra amhare orra fein mar sheirbhisich a ta air am fastadh gu sòleimte do Chrìosd.

2. *C.* Ciamar is urrainn an nì sin a rinn-eadh an nair nach robh iadsan comasach air aontachadh leis an cur fo fhiachaibh?

F. Do bhrìgh gur e baisteadh òrdugh an Tighearna, agus anhuil mar an timchioll-ghcarradh, is reachd suidhichte e, a ta ceangal an leinibh, cho maith ris an neach a thainig gu aois, a chum seirbhis a thoirt do 'n Tighearna.

3. *C.* Ciod iad na comainean agus na dleas-nais, a ta 'm baisteadh a' cur mar fhiachaibh air muinntir òg?

F. Tha e mar fhiachaibh orra, bhi taingeil d'am pàrantaibh airson an coisrigeadh do 'n Tighearna,—a bhi beachdachadh orra féin mar a sheirbhisich,—iad féin inioslachadh airson am peacanna,—a bhi' gan toirt féin suas gu toileach do Chrìosd,—cùl a chur ris gach uile maighstir spioradail eile,—an dàimh ri eaglais Chrìosd aideachadh gu follaiseach,—agus a bhi do ghnàth cùramach gu' m beatha chaitheamh chum a ghlòire.

4. *C.* Ciamar bu chòir dhoibh an taingeachd d'am pàrantaibh a thaisbeanadh, airson an coisrigeadh do'n Tighearna?

F. Cha 'n ann amhàin le 'n gràdhachadh gu tréibhdhireach, mar na h-innealan leis an d' thugadh iad ann an co-cheangal ri Dia; ach mar an ceudua le urram a thoirt d'am pearsaibh, le ùmhlachd a thoirt d' an iarrtais dhligheach, le urnuigh a dheanamh air an son,

agus le aire thoirt a chum an co-fhurtachd a chur air aghaidh.

5. *C.* C'arson bu chòir dhoibh beachdachadh orra féin mar sheirbhisich fhastaidhte an Tighearna?

F. Cha 'n ann amhàin a chionn gur è a rinn iad, agus a tha gach là 'gan coimhead; ach gu sònruichte a chionn gu'n d' thug e a Mhac chum an saoradh, a Spiorad chum an ath-nuadhachadh, agus an naomhachadh, agus gu'n do chuir e samhladh agus seula a' choimhcheangail orra.

6. *C.* Cionnas bu chòir dhoibh iad féin irioslachadh airson am peacanna?

F. Le bhi 'gan aideachadh, agus a' deanamh bròin, le spiorad brùite, airson an ceannairecan lionmhor agus an truail'eachd spioradail, an déigh comharadh maitheanais agus glanaidh fhaotainn; agus le bhi cleachdadh gnàth an-earbsa asda féin, agus muinghinn ann an Criosd, "airson tròcair a chum maitheanais agus gràs a chum cobhair ann an àm feuma."

7. *C.* Ciod an seòl air am bu chòir dhoibh iad féin a thoirt suas gn diomhair do Chrìosd?

F. Le iad a strìochdadh gu neo-chealgach, agns gu saor, ann an anam, ann an corp agus ann an spiorad, chum a sheirbhis; agus le chur romhpa le rùn suidhichte, 'na neart-san, iad fein, 's gach ni a ta aca a bhuileachadh, ann an umhlachd d'a thoil, agus chum a ghlòir a chur air aghart.

8. *C.* Ciamar bu chòir dhoibh cùl a chur ris gach uile uachdaran spioradail eile?

F. Le bhì gu daingeann agus gu bunailt-each a' cur an aghaidh buaireannan Shatain; a' diùltadh companas agus mealladh an t-saoghail a leantuinn; agus riarachadh toirmisgte an ana-mianna agus an an-togranna féin.

9. *C.* Ciamar bu chòir dhoibh an dàimh ri eaglais Chrìosd aideachadh gu follaiseach?

F. Le iad féin a cheangal ann an co-chomunn Chrìosdail r'a eaglais fhaicsinnich, a ta 'na suidheachadh, 'na teagasg, 'na h-oilean, agus 'na co-chomunn, a réir nan Sgrìobtaire; agus le bhì gabhail gach cothrom air cuimhne a chumail air bàs Chrìosd, aig a bhord naomha, maille ri cairdibh an Tighearna.

10. *C.* Agus cionnas bu chòir dhoibh aire thoirt gu am beatha chaitheamh a chum onair Chrìosd.

F. Le 'fhocal naomh a ghabhail gach là mar an riaghailt iùil,—le sluagh Chrìosd a ghabhail mar an companaich,—agus le oidhearpachadh, anns gach earrainn d'an giùlan, a bhì leantuinn cisimpleir an Ti sin ris am bheil iad ag ràdh am Maighstir agus an Tighearna.

11. *C.* Am feud muinntir òg deagh mhisneach a bhì aca ri comhaidh Dhé, chum na dleasnaidh so a choimhlionadh?

F. Feudaidh iad: ged tha iad lag amta féin, ma dh' amhairceas iad suas ri Dia airson cuideachaidh, “ni e 'ghras foghainteach air

an son, agus coimhlionaidh e a neart 'nan an-mhuinneachd."

12. C. Nach 'eil mòran a' deanamh dimeas air am bòidibh baistidh?

F. Tha mòran, mo chreach! a' gluasad mar gu'm b' ann a chum scirbhis Shàtain a bhiodh iad air an coisrigcadh, agus mar gu'n cuireadh iad romhpa ùmhilachd a thoirt dha agus dhàsan 'na aonar. "Tha mòran a' gluasad, mu 'n dubhairt mi gu minic ribh, agus mu'm bheil mi nis, eadhon a' gul, ag ràdh ribh, gur naimhdean iad do chrann-ceusaidh Chrìosd; d'an deireadh a bhi air an sgrios, d'an dia am brù: agus aig a' bheil an glòir 'nan nàire, aig am bheil an aire air nithibh talmhaidh." Phil. iii. 18, 19.

13. C. Ciod an t-aobhar misnich a th' againn gu bhi dìleas d'ar bòidibh baistidh?

F. Bithidh gach uile shochair aimsireil agus spioradail air a bhuileachadh oirnn, a ch' dia 'bhios a chum ar leas,—a dheagh-ghean 'nar soirbheachadh, agus a chùl-taice 'nar cruaidh-chas,—aoibhneis na diadhachd ré ar beatha, agus "glòir, urram, agus neobhàsmhorachd" aig ar bàs.

